

**2 AN LIDE<sup>79</sup> AGUS FEARTAN OS-TEASGANACH<sup>80</sup>****2.1 An Lide**

2.1.1 Seach nach eil còrdadh ann am measg chànanaichean a thaobh deimhneid fhogharach<sup>81</sup> air an lide (*cf.* Ladefoged 1993 : 243 : ‘there is no agreed phonetic definition of a syllable’), tuigear an lide gu fòn-eòlach san tràchdas seo san dòigh sa bheil Lass (1984 : 250) a’ beachdachadh air :

‘The phonological syllable might be a kind of minimal phonotactic unit, say with a vowel as a nucleus, flanked by consonantal segments or legal clusterings, or the domain for stating rules of accent, tone, quantity, and the like’.

Ann am faclan le hiatas tha an suidheachadh a thaobh aonadan an lide<sup>82</sup> an Geàrrloch (Gl. bho seo a-mach) coltach ris an fhear sin a fhuair Oftedal (1956 : 25-31) ann an Liùrbost. Ma chleachdar eisimpleirean den aon seòrsa agus a bha aig Oftedal na bheachdachadh air a’ chùis, gheibhear paidhreannan an Gl. a leithid /a:/ àth ainr. ~ /a.a/ adha ainr., /t<sub>l</sub>uʁ<sub>j</sub>n/ duan ainr. ~ /tu.a/ dubhan ainr. A thaobh na fogharachd<sup>83</sup>, tha na ceithir faclan seo coltach ri chèile sna dòighean a leanas : tha teasgan fada fuaimreagach<sup>84</sup> aig gach facal dhiubh, agus chan fhaighear cuingealachd ghlotasach<sup>85</sup> no stad sa ghuthachadh<sup>86</sup> ann an gin de na faclan. Ach (a bharrachd air an diofar sna fòineimean<sup>87</sup>) tha eadar-dhealachadh ri chluinntinn san iom-lìne tòn-àirde<sup>88</sup>, oir

---

<sup>78</sup> phonology

<sup>79</sup> syllable

<sup>80</sup> suprasegmental features

<sup>81</sup> phonetic definition

<sup>82</sup> syllabic units

<sup>83</sup> phonetics

<sup>84</sup> long vocalic segment

<sup>85</sup> glottal stricture

<sup>86</sup> break in the voicing

<sup>87</sup> phonemes

<sup>88</sup> pitch contour

tha na faclan /ɑ:/ agus /t̪uɣ̊n/ gam fuaimneachadh le tònna rèidh<sup>89</sup> (dh'fhaodadh uaireannan, gu h-alafonach, le tònna èirigheach<sup>90</sup>), ach tha /ɑ.ɑ/ agus /tu.ɑn/ gam fuaimneachadh le tònna tuiteamach<sup>91</sup> (dh'fhaodadh uaireannan, gu h-alafonach, a' tòiseachadh le tònna rèidh agus a' crìochnachadh le tònna èirigheach<sup>92</sup>). Faodar seo a shealltainn le diagram mar a leanas :

—

/   ɑ   ɑ   /   àth

/   t   u   ɣ̊   n   /   duan,

ach :

—

/   ɑ   ɑ   /   adha

/   t   u   ɑ   n   /   dubhan.

Air na puingeannan seo air fad *cf.* Oftedal (1956 : 26) :

‘all [the words] contain a long vocalic segment the total duration of which appears to be approximately the same at a constant rate of speech... There is never a glottal catch or constriction, nor intermission of the voicing in either word pair. The chief difference is one of pitch, the words for “cow” and “debt” being always pronounced on a level or rising tone ... while the words for “underwater rock” and “raven” begin on a rising or high level note and end in a rather abrupt fall’.

Tha eadar-dhealachadh ri chluinntinn an Gl. cuideachd sa bheum a tha air na faclan, oir tha dà uas-mheud de bheum<sup>93</sup> (a tha co-ionann no faisg air<sup>94</sup>) aig /ɑ:/ agus aig /t̪uɣ̊n/. Ach tha aon bheum làidir a-mhàin air /ɑ.ɑ/ agus /tu.ɑn/, agus e ri chluinntinn sa chiad earrainn den teasgan fhuaimreagach, air a bheil an tònna rèidh.

<sup>89</sup> level tone

<sup>90</sup> perhaps sometimes, allophonically, with rising tone

<sup>91</sup> falling tone

<sup>92</sup> perhaps sometimes, allophonically, with rising tone

<sup>93</sup> two maxima of stress

<sup>94</sup> equal or nearly so

2.1.2 San aon seòrsa dòigh, a thaobh fhaclan far am faighear fuaimreag eipinteach<sup>95</sup> cluinnear paidhreannan an Gl. a leithid : /f<sub>1</sub>ɔLɔ/ *folbh* agr. (bt. ‘falbh’) ~ /fɔLɣs’/ *follais* ainr., /[arɑ]m/ *arm* ainr. ~ /aran/ *aran* ainr. A-rithist, coltach ris na fhuair Oftedal an Liùrbost (1956 : 26-7) ’s e tònna rèidh a chluinnear air /f<sub>1</sub>ɔLɔ/ agus air /[arɑ]m/ ; ach tha /fɔLɣs’/ agus /aran/ gam fuaimneachadh le tònna tuiteamach (agus *cf.* MacAulay 1992 : 235-6).

\_\_\_\_\_

/ f ɔ L ɔ / *folbh*

/ a r a m / *arm*,

ach :

\_\_\_\_\_

/ f ɔ L ɣ s’ / *follais*

/ a r a n / *aran*.

A thaobh beuma, tha dà uas-mheud de bheum rin cluinntinn air /f<sub>1</sub>ɔLɔ/ agus air /[arɑ]m/, agus iad co-ionnan no leis an tuilleadh neart air an dara uas-mheud (*cf.* Oftedal 1956 : 27 ; 1975 : 135). Chan fhaighear ach aon bheum làidir air /fɔLɣs’/ agus air /aran/, agus e air a’ chiad fhuaimreig ; tha am beum air an dara fuaimreig mòran nas lugha.

2.1.3 Tha Borgstrøm a’ sgrìobhadh air a’ chùis seo mu Ghàidhlig Gheàrrloch : (1940 : 54) :

‘Outside the Hebrides, a somewhat similar intonation [to that which characterizes Lewis] is used in some parts of the Mainland, especially in Gairloch’ ;

agus (1941 : 89) :

‘Intonation is an element of some importance ; it resembles the intonation used in Lewis. In Red P[oint] a stressed syllable has mainly rising tone ; often a slight fall is audible at the beginning of the syllable, but the end is always rising. An unaccented syllable has not as a rule rising tone (a slight rise may be heard *in pausa*) ; more often it is slightly falling and in any case lower than the end of the preceding stressed syllable. This change from

<sup>95</sup> epenthetic

rising to falling tone is the surest criterion of disyllabic pronunciation in words like /ɔ.ɔ/ “grandchild” ogha, /ɑ.ɑ/ “liver” atha, etc., where the second vowel is not separated from the first by a clear hiatus ; on the other hand words like /ɑ:/ “kiln” àith have rising tone to the end, and are thereby characterized as monosyllables’.

Mar sin, ged as e abairtean a leithid ‘Intonation is an element of some importance’ agus ‘This change from rising to falling tone is the surest criterion of disyllabic pronunciation’ a tha aig Borgstrøm san tuairisgeul aige aig an àm seo, chan eil e a’ dol cho fada ri ràdh gur bheil an t-eadar-sgaradh ann an tònna, eadar an dà chlas de dh’fhaclan, fòineimeach<sup>96</sup>.

An uair a tha Oftedal a’ dèanamh eadar-mhìneachaidh<sup>97</sup> air an t-suidheachadh a fhuair e an Liùrbost tha e ag ràdh (1956 : 27) :

‘It would, at first glance, seem natural to interpret the distinction as one of tone, comparable to the tone distinction of Norwegian and Swedish. I prefer, however, to regard it as a distinction of extent of the syllable : *bo:*, *fìəx*, *faLa*, and *arəm* are regarded as monosyllabic, while *bo-o*, *fì-əx*, *faLu*, and *aran* are disyllabic.’

Tha Ternes (1973 : 102), agus e a’ beachdachadh air an seo, an toiseach a’ comharrachadh nach eil Oftedal a’ toirt adhbhair carson as fheàrr leis an t-eadar-mhìneachadh seo, agus ann a bhith a’ freagairt Ternes sgrìobh Oftedal (1975 : 135) :

‘As tone and stress are almost equally important in the ... distinction, I chose a terminology that was based neither on tone nor on stress, but on historical and comparative linguistics’.

Nas fhadalaiche (1980 : 81) chuir Ternes a bheachdan an cèill mar a leanas :

‘This [i.e. eadar-sgaradh fòineimeach ann an tònna<sup>98</sup> — RGW] however is not the phonemic interpretation finally adopted by Oftedal (1956) in his description of Lewis Gaelic. Instead he set up a kind of juncture phoneme, which serves to mark the original syllable boundaries. He emphasizes elsewhere (1975 : 135) that he was not using historical considerations in favour of his synchronic analysis. He discarded the obvious

---

<sup>96</sup> that the distinction in tone between the two classes of words is phonemic

<sup>97</sup> interpretation

solution of setting up two phonemic tone contours ... because he probably did not like to depart too much from traditional analyses.’

Agus an uair sin tha Ternes (1980 : 81-2) a’ co-dhùnadh :

‘When however viewing Oftedal’s Scottish Gaelic data in the light of Jakobson’s feature of polytonicity and its origin [air a bheil Ternes a’ beachdachadh san alt seo - RGW], we are entitled to conclude that the Scottish Gaelic of Lewis (i.e. of the northern Hebrides in general, as defined by Borgström 1940 : 127) has indeed developed a phonemic distinction of two tone contours comparable to Swedish and Norwegian’.

2.1.4 Tha a’ cheart suidheachadh a thaobh eadar-mhìneachaidh ri fhaighinn ann an Gl. Tha luchd-bruidhne na dualchainnt cinnteach agus soilleir — chan eil teagamh sam bith mun seo — gu bheil eadar-dhealachadh bunaiteach eadar faclan a leithid /ɑ:/ *àth*, /t<sub>1</sub>u<sub>2</sub>r<sub>3</sub>j<sub>4</sub>n/ *duan* agus /f<sub>1</sub>ɔ<sub>2</sub>L<sub>3</sub>ɔ<sub>4</sub>/ *folbh* air an dara làimh, agus faclan mar /ɑ.ɑ/ *adha*, /tu.ɑn/ *dubhan*, agus /fɔLɾs’/ *follais* air an làimh eile. (Ann a bhith a’ feuchainn ris an t-eadar-dhealachadh seo a mhìneachadh dhomh chuir daoine an cèill beachdan mar a leanas : gu bheil iad a’ faireachdainn nach eil ‘briseadh’ ann am faclan den chiad sheòrsa, ach gu bheil a leithid ann am faclan den dara seòrsa ; no, a thaobh fhaclan den chiad seòrsa gur e ‘aon earrainn’ a tha annta, ach gur e ‘dà earrainn’ a tha ann am faclan den dara seòrsa.) Gun teagamh, cha cheadaicheadh Ternes (1973 : 122) gun cuirear luach sam bith air na beachdan seo aig muinntir an àite. Ach tha e soilleir cuideachd ann an obair nam bàrd a bhuineas do Gl. gu bheil an t-eadar-sgaradh a’ nochdadh sa bhàrdachd aca.

Mar eisimpleir, ann an ‘Òran air an Uisge-bheatha’ a rinn Uilleam MacCoinnich ‘Botha’, bàrd a bhuineadh do dh’Eàrradal a Deas agus aig nach robh comas a’ Ghàidhlig a sgrìobhadh (no ma bha idir, ’s ann air seòrsa de litreachadh stèidhichte air a’ Bheurla), tha e soilleir bho phàtran nam beumannan a gheibhear air na sreathan gu bheil am facal [ɣa.us] /ɣɑ.us/ *ghabhas* san dara sreath de na leanas dà lideach :

---

<sup>98</sup> phonemic distinction of tone

Ach 's ann a gheobh thu damaiste

Nuair ghabhas tu tè mhòr,

Cha bhi seasamh chas agad

'S gun tèid thu air do thòin.

Agus san aon òran tha am facal [l<sup>y</sup>a.i] /lɑ.i/ *laighe* san treas sreath gu soilleir dà-lideach cuideachd :

Neadh cha bhi t'aodach slàn umad

No sàil air do chuid bròg,

Nad laighe fon an daorach

Is math a dh'fhaodadh ann an òb.

A-rithist, san òran abhcaideach 'Òran Èibhinn' le Uilleam MacCoinnich, tha a' mheadrachd ag adhbharachadh gu faighear facal dà-lideach aig deireadh gach sreatha :

'S nuair char thu 'n àirde [n̥<sup>y</sup>ã<sup>h</sup>ˈt̪ə] /Nɑ:rtɣ/

Air aghaidh nàmhaid [n̥<sup>y</sup>ã<sup>h</sup>.ü̯t̪<sup>j</sup>] /Nã:.ut'/

Gun tug thu màlaich /mã̃<sup>h</sup>ˈl̪iç/ /mã̃:liç'/

Air geàrd a' Cheusair.

Ach tha aon rann agus faclan oirre sam faighear fuaimreag eipinteach aig deireadh nan ciad trì sreathan den rann :

'S e làimh ro dhearbht' thu [ˈjɛrɛht̪<sup>j</sup> u] /ˈɣ<sup>h</sup>ɿɛɛ<sup>h</sup>t̪<sup>h</sup> u/

Air an targaid [t̪<sup>h</sup>arakt̪<sup>j</sup>] /t̪<sup>h</sup>ɑrɑ<sup>j</sup>kat'/

Nì h-uile starbhraich [stɑrariç] /stɑrɑ<sup>j</sup>riç'/

An tarbh a reubadh

agus tha e soilleir bhon mheadrachd gu bheil an abairt 'dhearbht' thu', agus na faclan 'targaid' agus 'starbhraich', an seo air an cleachdadh agus air an tuigsinn mar dhà lideach cuideachd, agus mar sin gu bheil na còmhlain [ɛrɛ] /ɿɛɛ/ agus [ara] /ɑrɑ<sup>j</sup>/ air an cunntadh mar niuclas aon lide a-mhàin. Air a' phuing seo cf. O'Rahilly 1932 : 201 agus Borgstrøm 1942 : 37 ; tha

Ó Dochartaigh (1981 : 236) a' sgrìobhadh a thaobh chòmhlán<sup>99</sup> le fuaimreig eipinteisich gur e feinimean<sup>100</sup> a tha annta a tha dà-lideach gu fogharach ach aig a bheil pàtran tòn-àirde a bhuineas do dh'aon-lide<sup>101</sup> :

‘the pitch pattern of the resulting phonetic disyllable [ann an eisimpleir bhon t-Suainis] remains that appropriate to a monosyllable — an exact parallel to the situation found in the majority of Scottish Gaelic dialects’.

Mar sin tha mi am barail gur e an t-eadar-mhineachadh eachdraidheil<sup>102</sup> as fheàrr a fhreagras air na chluinnear an Geàrrloch : tha faclan a leithid /a:/ àth, /t<sub>1</sub>u<sub>2</sub>n/ duan agus /f<sub>1</sub>ɔLɔɔ/ folbh aon-lideach gu fòn-eòlach<sup>103</sup> ; ged a dh'fhaodadh e a bhith gu bheil na faclan le fuaimreig eipinteisich dà-lideach gu fogharach<sup>104</sup> ; ach tha a leithid /a.a/ adha, /tu.an/ dubhan, agus /fɔLɔS'/ follais air an làimh eile dà-lideach gu fòn-eòlach. 'S e aon fhuaimreag fhada a gheibhear ann an /a:/ àth agus dà-fhoghar a gheibhear ann an /t<sub>1</sub>u<sub>2</sub>n/ duan, na dhà aca le dà uas-mheud de bheum<sup>105</sup> ; ach a thaobh /a.a/ adha agus /tu.an/ dubhan 's e dà fhuaimreig ghoirid a tha againn, a' chiad tè le beum agus an dara tè gun bheum (no le beum mòran nas lugha), le hiatas eatarra. Ann am /fɔLɔS'/ follais 's e dà fhuaimreig ghoirid a tha ann, a' chiad tè le beum agus an dara tè gun bheum, le consan eatarra ; ach a thaobh /f<sub>1</sub>ɔLɔɔ/ folbh tha dà uas-mheud de bheum ann, fear air gach aon den dà fhuaimreig a bhuineas do chòmhlán aon-lideach<sup>106</sup> (gu fòn-eòlach) de dh'fhuaimreig agus consan agus fuaimreig<sup>107</sup> ('s e sin, sa bhriathrachas thraidiseanta, còmhlán svarabhakti). Tha seo glè choltach ris an eadar-mhineachadh aig Oftedal (1956 : 27), ach gu bheil diofar thuairisgeul aig Oftedal air mar a tha am beum.

---

<sup>99</sup> clusters

<sup>100</sup> phenomenon

<sup>101</sup> a pitch pattern belonging to a monosyllable

<sup>102</sup> the historical interpretation

<sup>103</sup> phonologically

<sup>104</sup> phonetically disyllabic

<sup>105</sup> both with two maxima of stress

<sup>106</sup> monosyllabic group

<sup>107</sup> there are two maxima of stress, one on each of the two vowels belonging to a (phonologically) monosyllabic group of vowel plus consonant plus vowel

2.1.5 'S e suidheachadh eadar-dhealaichte ris an fhear sin an Gl. agus an Liùrbost a chuala Ternes ann am faclan den leithid seo air a' Chomraich. Na bheachdachadh air na faclan [po'] *bodha* ainr. agus [po:] *bò* ainr. (a' cleachdadh an seo na notaireachd<sup>108</sup> aig Ternes) 's e eadar-sgaradh ann an cainneachd<sup>109</sup> nam fuaimreag ris an do mhothaich e, agus tha e a' sgrìobhadh (1973 : 103) :

'There is no phonetic indication of syllabic division in the words with original hiatus. There is no glottal stop, no constriction, no intermission of voice, there are no two stress-peaks. There is no essential difference in the intonation contour between half-long and long vowels'.

Tha Ternes an uair sin (1973 : 104-122) a' cur suas siostam sa bheil co-chontrarrachd fhòineimeach thrì-mheurach<sup>110</sup> de chainneachd fhuaimreag<sup>111</sup>, stèidhichte air cunntadh morae :

'the phonemic contrast of vowel quantity is /V/ vs. /V·/ vs. /V:/. Each V counts one mora. Each dot counts one additional mora of the same quality. There is a phonemic contrast from one mora to a maximum of three morae' (1973 : 105).

Cluinnear cuideachd an Gl. co-chontrarrachd *fhogharach* thrì-meurach<sup>112</sup> ann an cainneachd<sup>113</sup> fhuaimreag (gu ìre coltach ris an tè sin a fhuair Ternes air a' Chomraich; cf. cuideachd D.P. Ó Baoill 1980 : 106 ; ach cha chuala Oftedal seo an Liùrbost, 1975 : 136). Tha a' cho-chontrarrachd mar a leanas :

[V] : fuaimreagan goirid ; m.e. [mẽ<sup>h</sup>] *math* br., [a.ɑ] *adha* ainr., [aʏəʊ] *agus* nr., [a.ɪçɪŋ] *adhaichean* ainr. iol., [ɑ<sup>v</sup>əstəʃ<sup>j</sup>] *Alastair* ainr. dìl.

[V·] no [VV] no [VCV] : fuaimreagan leth-fhada<sup>114</sup>, no sreath dà-fhogharach<sup>115</sup> de dhà fhuaimreig ghoirid<sup>116</sup>, no còmhlán svarabhakti, san lide le beum ann am faclan dà-lideach no

---

<sup>108</sup> notation

<sup>109</sup> quantity

<sup>110</sup> three-way phonemic contrast

<sup>111</sup> vowel quantity

<sup>112</sup> three-way *phonetic* contrast

<sup>113</sup> quantity

<sup>114</sup> half-long

<sup>115</sup> diphthongal



ioma-lideach<sup>117</sup> ; m.e. [ɣ̣.ʊɾ] *adhbar* ainr., [ɑ̣ʝ̣i] *àirigh* ainr., [ʎ̣ia.ʊk] *leubhadh* agr., bt. ‘leughadh’, [ɖ̣ụʝ̣ṇak] *duanag* ainr., [ʎ̣ɔ̣ʎ̣.ʊɡ̣ a] *dh’fholbhadh* e gr. cumh.

[V:] no [VṾ] no [VCṾ] : fuaimreagan fada, no sreath dà-fhogharach de dh’fhuaimreig ghoirid air a leantainn le fuaimreig leth-fhada<sup>118</sup>, no còmhlan svarabhakti, ann am faclan aon-lideach<sup>119</sup> ; m.e. [a:h] *àth* ainr., [ʎ̣ia:v] *leubh* gr. àithn., bt ‘leugh’, [ɖ̣ụʝ̣ṇ] *duan* ainr., [fɔ̣ʎ̣] *folbh* agr. Tha e sònraichte gun tug Borgstrøm (1941 : 81) an aire gum faighear [VṾ] sna dà-fhogharan /ịɑ̣/ agus /ịuɑ̣/ :

‘The /ɑ/ of ... [diphthong /ịɑ̣/] can be half-long in Red P[oint].... The second part of ...

[diphthong /ịuɑ̣/] can be half-long’

(ged nach eil e gu mì-fhortanach ag innse dè na cumhachan a tha e a’ ciallachadh leis an fhacal ‘can’, m.e. an ann am faclan aon-lideach a-mhàin a tha seo a’ tachairt?) ; agus gun tug Robastan (Robertson 1906-7 : 229) an aire don seo an Ros an Iar sna dà-fhogharan /ịɾ/ agus /ịuɾ/ ann am faclan aon-lideach.

Ach tha eadar-dhealachadh bunaitich san t-siostam an Gl. bhon fhear a fhuair Ternes air a’ Chomraich, oir tha a’ cho-chontrarrachd a chluinnear an Gl. eadar fuaimreagan leth-fhada agus fuaimreagan fada (agus san aon dòigh eadar sreath dà-fhogharach de dhà fhuaimreig ghoirid, agus sreath dà-fhogharach de dh’fhuaimreig ghoirid air a leantainn le fuaimreig leth-fhada ; agus eadar còmhlan svarabhakti a’ crìochnachadh le fuaimreag ghoirid agus fear a’ crìochnachadh le fuaimreag leth-fhada) an-còmhnaidh ion-fhàisneachail<sup>120</sup> bho àireamh nan lidean san fhacal, agus mar sin neo-fhòineimeach<sup>121</sup>. Tha sinn air ar fàgail le co-chontrarrachd *fhòineimich* dhà-àireimh<sup>122</sup> :

---

<sup>116</sup> a diphthongal sequence of two short vowels

<sup>117</sup> in the stressed syllable of disyllabic or polysyllabic words

<sup>118</sup> a diphthongal sequence of a short vowel followed by a half-long vowel

<sup>119</sup> monosyllabic

<sup>120</sup> predictable

<sup>121</sup> non-phonemic

<sup>122</sup> binary *phonemic* contrast

/V/ : fuaimreagan goirid : /m̃/ *math* br., /a.ɑ/ *adha* ainr., /ɑγʁs/ *agus* nr., /ɑ.iχʁn/ *adhaichean* ainr. iol., /ɑLʁstʁʁ/ *Alastair* ainr. dìl.

/V:/ no /VV/ no /VCV/ : fuaimreagan fada, no sreath dà-fhogharach de dhà fhuaimreig ghoirid, no còmhlan svarabhakti : /ʁ:.ur/ *adhbhar* ainr., /ɑ:r'i/ *àirigh* ainr., /L'ɹiɑɹ.uk/ *leubhadh* agr., bt. 'leughadh', /tɹuɹɹnɑk/ *duanag* ainr., /ɑ:/ *àth* ainr., /L'ɹiɑɹv/ *leubh* gr. àithn., bt 'leugh', /tɹuɹɹn/ *duan* ainr., /fɹɔLɔɹ/ *folbh* agr., /γɹɔLɔɹ.uk ɑ/ *dh'fholbhadh e* gr. cumh.

Tha toradh sònraichte a thaobh farsaingeachd an lide<sup>123</sup> ag èirigh às an t-siostam a tha Ternes (1973 : 96-122) a' cur suas airson na Comraich, 's e sin (a' cleachdadh an seo na notaireachd aig Ternes) air an dara làimh gu bheil faclan mar /ɑ'/ *adha*, /u'L/ *ubhall*, /fiəx/ *fitheach*, /tuɑn/ *dubhan* air an eadar-mhìneachadh mar aon-lideach (ach chunnacas gu bheil faclan mar seo, nam bharrail-se, dà-lideach an Gl.); agus air an làimh eile gu bheil faclan le còmhlan svarabhakti a leithid /ɑrɑ'm/ *arm*, /fɔLɔɹ/ *falbh* air an eadar-mhìneachadh mar dà-lideach (ach tha iad seo, tha mi am barrail, aon-lideach gu fòn-eòlach an Gl.). Agus mar cho-thoradh<sup>124</sup> air seo tha e a' sgrìobhadh (1973 : 109) :

'Any vowel sequence (from one to three morae) non-interrupted by a consonant is regarded as monosyllabic.... The intervention of a consonant or consonant cluster automatically indicates a syllable boundary'.

Saoilidh mi nach e seo a' chùis ann an Gl.

2.1.6 Chunnacas shuas gu robh coltas air an tuairisgeul a thug Borgstrøm, na sgrìobhaidhean aig toiseach nan 40n, air tòn an Gl. gu faodadh e a bhith fòineimeach, ged nach eil e fhèin ag ràdh seo gu dìreach. San aon seòrsa dòigh cha robh Oftedal (1956 agus 1975) deònach tòn fòineimeach a thoirt a-steach don eadar-mhìneachadh aige, ach aig an aon àm tha e duilich a thuigsinn dè eile a chuir e na àite, mur b' e dh'fhaodadh iom-atharrais<sup>125</sup> a dhèanamh

<sup>123</sup> a particular result as regards extension of the syllable

<sup>124</sup> as a corollary

<sup>125</sup> reiteration

air an t-suidheachadh eachdraidheil<sup>126</sup>. Bidh e coltach ge-tà gun d'fhàs Borgstrøm na bu chinntiche na bharrail an dèidh ùine, oir deich bliadhna fichead an dèidh nan sgrìobhaidhean aige air a bheil iomradh shuas, 's ann a bha e dèonach a ràdh (1974 : 93) gun robh tònna ann an Leòdhas, agus ann an Gl. am measg àiteachan eile, fòineimeach :

‘The dialect of Lewis has a peculiar pitch pattern : the pitch rises on a stressed syllable, particularly on the second half of it, and then falls again on following unstressed syllables. The pitch movement has a phonemic function in so far as it serves to distinguish monosyllables like *bó* “cow” [b̥o:] or *duan* “poem” [dua'n] with rising pitch, from disyllables like *bodha* “sunken rock” [b̥o'o` ] or *dubhan* “fishing-hook” [d̥u'a`n] with rising-falling pitch. A pitch pattern closely resembling the Lewis one is used along the north and west coast of the Mainland down to Loch Torridon [’s e Loch Gheàrrloch a’ chiad loch-mara tuath air Loch Thoirbheartain — RGW], i.e. in parts of Sutherland and Ross-shire. There is a striking resemblance between this pattern, particularly in its Lewis form, and toneme 1 (“monosyllabic toneme”) in South-Western Norwegian, e.g. in Stavanger.... Other Gaelic dialects, including all Hebridean dialects south of Lewis, present entirely different patterns usually with falling or level pitch on stressed syllables’.

Agus ann an 1980, mar a chaidh iomradh, rinn Ternes eadar-mhìneachadh a-rithist air an adhbharrach<sup>127</sup> a fhuair e fhèin air a’ Chomraich agus air na gheibhear ann an Oftedal 1956. Ann an Ternes 1980 tha e a’ cur an cèill a’ bheachd gu bheil feart fòn-eòlach na h-ioma-tònachd<sup>128</sup> ri fhaighinn ann an cuid de dhualchainntean Gàidhlig, agus gu bheil am feinimean a’ nochdadh gu fogharach ann an trì dòighean eadar-dhealaichte, 's iad sin na feartan os-teasganach<sup>129</sup> a leanas : tònnaichean air faclan<sup>130</sup>, glotasachadh<sup>131</sup> agus ro-fhad<sup>132</sup>. 'S ann a tha dualchainnt na Comraich a’ sealltainn ro-fhad ; ach air an làimh eile tha e a’ creidsinn gu bheil tònnaichean air faclan rim faighinn ann an dualchainntean Leòdhais.

---

<sup>126</sup> except perhaps to reiterate the historical situation

<sup>127</sup> material

<sup>128</sup> phonological feature of polytonicity

<sup>129</sup> suprasegmental features

<sup>130</sup> word tones

<sup>131</sup> glotalisation

<sup>132</sup> overlength

Bheirear an aire cuideachd, airson dualchainnt Bheàrnaraigh Leòdhais, nach eil MacAmhlaigh idir a' seachnadh a bhith ag eadar-mhìneachadh eadar-dhealachaidh ann an tòn-àird<sup>133</sup> an lide mar nì eadar-sgarach<sup>134</sup>; tha e a' sgrìobhadh (MacAulay 1992 : 235) :

‘Long syllables ... may have either a maintained level pitch or a falling pitch contour and this difference is, in some dialects at least (including our sample dialect), distinctive’.

Ach aig an aon àm tha e ag eadar-mhìneachadh fhaclan a leithid /tuam/ (notaireachd MhicAmhlaigh) *dubhan* chan ann mar dhà-lideach (gu fòn-eòlach; an t-eadar-mhìneachadh ris a bheilear a' gabhail san tràchdas seo) ach mar aon-lideach (gu fogharach?) le tòn-àird thuiteamaich<sup>135</sup> (1992 : td. 234 §4.13.3, td. 235 §4.15.2.1).

Mar sin a thaobh dualchainnt Gl. tha sinn air ar fàgail far an robh Oftedal ann an Liùrbost : cha ghabh siostam de chanain lideach<sup>136</sup> a chur suas a fhreagras air a' chùis; tha an t-eadar-sgaradh eadar faclan le fuaimreagan hiatais<sup>137</sup> agus faclan gun fhuaimreagan hiatais gu furasta agus gu sìmplidh air eadar-mhìneachadh mar fhear a tha an crochadh air tona; ach fhathast tha leisg air neach (a dh'aindeoin Borgstrøm 1974, Ternes 1980 agus MacAulay 1992) tona fòineimeach a thoirt a-steach do dh'fhòn-eòlas na dualchainnt.

2.1.7 Am beachd S. Watson (1974 : 44 §30) agus e a' dèiligeadh ri dualchainnt Rois an Ear, chan eil san tòn-àird an sin ach feart co-cheumnach<sup>138</sup> a bhuineas do bheum :

‘The syllabic limit is as elsewhere, e.g. in W. Ross-shire and Lewis, ... marked by a change of pitch. The system of tone movements, however, is a rather complex one; it appears that pitch — except in the case of sentence intonation — has no linguistic significance, but is, rather, a concomitant feature of stress’.

*Cf.* cuideachd Ladefoged 1993 : 250 :

‘A[n] ... important indication of stress is the rise in pitch that usually occurs’,

agus *op. cit.* td. : 251 :

---

<sup>133</sup> pitch

<sup>134</sup> interpreting a difference in syllable pitch as distinctive

<sup>135</sup> monosyllabic with falling pitch

<sup>136</sup> syllabic canons

‘an increase in the flow of air out of the lungs will also cause an increase in pitch, so that stressed sounds will usually have a higher pitch’.

A thaobh dualchainnt Gl., dh’fhaidte feuchainn ri leudachadh air a’ bhreithneachadh aig Watson le bhith a’ cur suas sreath de riaghailtean bunachaidh<sup>139</sup> (tuigear nach e riaghailtean alafonach a tha seo, cf. Giegerich 1992 : 228-9) de leithid :

- a. Tha facal sam faighear aon bheum air a cho-cheangal ri iom-lìne tònna rèidh<sup>140</sup>  
(m.e. ‘math’, ‘cat’).
- b. Tha facal sam faighear dà bheum cho-ionann air a cho-cheangal ri iom-lìne tònna rèidh  
(m.e. ‘àth’, ‘duan’, ‘folbh’).
- c. Tha facal sam faighear dà bheum no a bharrachd, far an e a’ chiad fhear as treasa, air a cho-cheangal ri iom-lìne tònna thuiteamaich  
(m.e. ‘adha’, ‘dubhan’, ‘àthan’, ‘dubhanan’).
- d. Tha facal sam faighear barrachd agus dà bheum, far a bheil a’ chiad dà bheum co-ionann ri chèile agus nas treasa na an còrr, air a cho-cheangal ri iom-lìne tònna thuiteamaich  
(m.e. ‘dh’fholbhadh’, ‘dorchrachdainn’).

(Agus dh’fheumte riaghailtean a bharrachd m.e. airson fhaclan aig a bheil beum lag air a’ chiad lide, m.e. /tʰɤʲbəkʰɤʲ/ *tombaca* ainr., /pɤʲdʰɑ:tʰ(ɤʲ)/ *buntàt(a)* ainr.)

2.1.8 Ann a bhith a’ suimeadh chùisean faodar a ràdh airson dualchainnt Gl, mar a fhuair Oftedal (1956 : 27-8) an Liùrbost, gu bheil a h-uile lide agus niuclas fòineimeach aige de dh’fhear de na trì seòrsaichean a leanas : fuaimreag ghoirid ; fuaimreag fhada no dà-fhoghar ; còmhlan svarabhakti. Gheibhear na trì seòrsaichean air fad ann an lidean le beum, ach a’ chiad seòrsa a-mhàin (fuaimreag ghoirid) ann an lidean gun bheum. Tha an suidheachadh a thaobh

---

<sup>137</sup> hiatus vowels

<sup>138</sup> concomitant feature

<sup>139</sup> a series of derivation rules

<sup>140</sup> a word having one stress is associated with even tone contour

iom-lìne tòna<sup>141</sup> ann am faclan aon-lìdeach, dà-lìdeach agus iom-lìdeach an Gl. *mutatis mutandis* co-ionann ris an fhear sin a tha Oftedal (1956 : 28-9) a’ sealltainn airson Liùrboist.

## 2.2 Lìdeachadh<sup>142</sup>

Anns na tar-sgrìobhaidhean fogharach san earrainn seo a-mhàin, mas e hiatas (faic (a) shìos), air neo an seòrsa de ghearradh sònraichte ris an tèid dèiligeadh ann am (b) shìos, air neo eadar-linn neo-thar-iathach<sup>143</sup> a gheibhear eadar dà niuclas an fhacail, thèid a’ chrìoch eadar lidean a shealltainn le tàthan<sup>144</sup> ‘-’. Mas e eadar-linn thar-iathach<sup>145</sup> a gheibhear (’s e sin, ma gheibhear consan no consain aimbe-lìdeach<sup>146</sup>), thèid an eadar-linn a chur ann an camagan ‘(...)’. Airson a’ bhriathrachais ‘eadar-linn’ (‘interlude’), ‘tar-iathach’ (‘overlapping’), ‘neo-thar-iathach’ (‘non-overlapping’), faic Lass 1984 : 262-8 (agus *cf.* Ó Dochartaigh 1981 : 223-4 airson eisimpleir de dh’fhacal le eadar-linn thar-iathaich agus anailis ga dèanamh air a rèir prionnsabail fòn-eòlais eisimeilich<sup>147</sup>). Cha tèid a’ chrìoch eadar lidean a shealltainn sna tar-sgrìobhaidhean fòineimeach.

### 2.2.1 Cluinnear an gearradh eadar lidean<sup>148</sup> sna suidhichidhean a leanas :

(a) aig hiatas, mar atharrachadh bhon tòna rèidh (no èirigheach) san lide le beum gu tòna tuiteamach san lide gun bheum ; ged a bhitheas e uaireannan doirbh (gu sònraichte an uair a bhitheas timbre na dara fuaimreig air a cho-choslachadh<sup>149</sup> ri timbre na ciad tè) aithneachadh gu cruinn, mionaideach far a bheil an gearradh a’ tuiteam (*cf.* Borgstrøm 1941 : 89). Eisimpleirean : [a-a] /a.a/ *adha* ainr., [d̥ u-an] /tu.an/ *dubhan* ainr., [a-uʲŋ] /a.uNʲ/ *abhainn* ainr., [a-uʲtʲ] /a.usʲtʲ/ *àbhaist* ainr., [prʲia-a] /prʲia.a/ *brèagha* br., [fua-aʲ] /fua.aʲ/ *fuaghal* agr.

---

<sup>141</sup> tone contour

<sup>142</sup> syllabification

<sup>143</sup> non-overlapping interlude

<sup>144</sup> hyphen

<sup>145</sup> overlapping interlude

<sup>146</sup> ambisyllabic

<sup>147</sup> an example of a word with overlapping interlude analysed according to the principles of dependency phonology

<sup>148</sup> syllabic cut

<sup>149</sup> assimilated

(b) Uaireannan gheibhear tuaireim<sup>150</sup> gu bheil an gearradh eadar lidean a' tighinn aig ionnsaigh a' bheuma<sup>151</sup> gu neo-mheadhanach ro fhuaimreig, ge b' e air bith dè an consan no na consain eadar-fhuaimreagach a bhitheas a' tighinn ron fhuaimreig<sup>152</sup>. Dh'fhaodadh e a bhith gur e as adhbhar don tuaireim seo, gnè de dh'fhosadh goirid<sup>153</sup> no de bhristeadh san altachadh<sup>154</sup> a bhith ann ron fhuaimreig, agus is dòcha gur ann air sgàth soilleireachd<sup>155</sup> a tha e a' tachairt. Tha an t-eisimpleir a sheall Oftedal (1956 : 29) air an fheinimean<sup>156</sup> seo (mas e gu bheil e dha-rìreadh a' tachairt) tàbhachdach cuideachd airson Gl. : [ᵢb̥ᵃᵃᵗ-ˈaʃi] /ᵢp̥a:tʰ ˈaʃi/ *bàt'-aisidh* ainr., bt. 'bàta-aiseig', ach [γa-ˈtərʲɪŋ] /γa ˈtʰaRIN/ *ga tarrainn*. Eisimpleirean eile : [xʊŋʲʌʃ(ʃ) ʲŋ-ˈiʃ] /xʊŋʲ s' ʃIN' ˈis/ *chunna sinn is* bt. 'chunnaic sinn ise', ach [xʊŋʲʌʃ(ʃ)i-ˈjɹiʃ] /xʊŋʲ s' i ˈN' ʃis/ *chunna si' nios*, bt. 'chunnaic sibh neas' ('YOU SAW A WEASEL'); [va-ᵗat-ˈoʲ-ˈerʲs] /va ˌat ˈoL ˈer's/ *bha ad oll' air-s'* bt. 'bha ad olla air-san' ('HE IN PARTICULAR WAS WEARING A WOOLLEN HAT'), ach [va-a-ˈtʊʲ-erʲ] /va a ˈtuL er/ *bha e dul air* bt. 'bha e a' dol air'.

(c) A thaobh an t-suidheachaidh sa chumantas, tha Oftedal ag ràdh airson Liùrbost :

'there is a clear tendency towards placing the syllabic cut at or near the onset of intervocalic consonants or consonant clusters. This apparently happens regardless of morphemic junctures' (1956 : 29-30).

Cuideachd, tha MacAmhlaigh ag innse a thaobh na dualchainnt aige fhèin, tè Bheàrnaraigh Leòdhais :

'syllabification in CVCVCV strings is of the kind (C)V|CV|CV..., unless the (non-string-initial) C is a stop, in which case the closure seems to function as coda and the release as onset : CVC|C...' (MacAulay 1992 : 233 ; faic cuideachd MacAulay 1963 : 118).

<sup>150</sup> impression

<sup>151</sup> onset of stress

<sup>152</sup> the syllabic cut occurs immediately pre-vocalically at the onset of stress, regardless of any intervocalic consonant or consonants that precede the vowel

<sup>153</sup> short pause

<sup>154</sup> interruption in the articulation

<sup>155</sup> for the sake of clarity

<sup>156</sup> phenomenon

A thaobh an t-suidheachaidh an Gl., chan eil e air a bhith comasach dhomh, bho thuaireim fhuaim-eòlaich<sup>157</sup>, aithneachadh far am faighear gearradh eadar lidean. Ach anns na h-eisimpleirean a leanas nithear oidhirp air an gearradh a shealltainn stèidhichte air crìtearan fòna-tactach<sup>158</sup>. 'S iad na crìtearan a thèid a chleachdadh an seo : mur bi consan, no alafon de chonsan, no còmhlán chonsan, ceadaichte aig toiseach no aig deireadh facail an Gl., mar sin cha bhi e ceadaichte ann an ionnsaigh no ann an còda lide fa leth<sup>159</sup>. Gun teagamh, chan eil na crìtearan seo ach air an fheadhainn as sìmplidh, is iad gan cleachdadh mar chiad thuairmse<sup>160</sup> air a' chùis, agus dh'fheumte an tuilleadh rannsachaidh airson chrìtearan a bu mhionaidiche a shònrachadh, cf. mar eisimpleir Gleasure 1971 : 118-9 ; airson beachdachaidh, stèidhichte air Teòiridh na Feabhasachd<sup>161</sup>, (a) air rangachd de dh'ionnsaighean ceadaichte<sup>162</sup> ann an cuid de dhualchainntean na Gàidhlig, aig ìre lide, troighe agus facail phròsaidich<sup>163</sup>, faic Green 1997 : 142-50 ; agus (b) air lideachadh ann an Gàidhlig Bharraigh, faic Green 1997 : 158-60. A bharrachd air an seo, tha an suidheachadh ga dhèanamh nas iom-fhillte mar thoradh air fosaidhean<sup>164</sup>, air a' ghearradh eadar lidean a bhith a' tighinn aig ionnsaigh a' bheuma, agus air stoidhle agus tempo cainnt.

Eisimpleirean de ghearradh eadar lidean ann an riochdan luaidhte<sup>165</sup> de dh'fhaclan air leth :

[<sup>h</sup>d̥<sup>h</sup>u:(x)ɔ(ŋ)ɔx(k)ɪŋ] /<sup>h</sup>t̥u:xɔnɔxkiN/ *diùchuimhneachdainn* agr., bt. 'diochuimhneachadh'

[<sup>h</sup>g̥a(s̥t̥)ə] /<sup>h</sup>kastɣ/ *gasta* br.

[<sup>h</sup>ne<sup>a</sup>s̥<sup>y</sup>t̥-ɔx(k)ɪŋ] /<sup>h</sup>N<sup>h</sup>ɛrstɔxkiN/ *neartachdainn* agr., bt. 'neartachadh'.

[<sup>h</sup>fask-nək] /<sup>h</sup>fasknɣk/ *fasgnadh* agr.

[<sup>h</sup>k<sup>h</sup>ak-nək] /<sup>h</sup>k<sup>h</sup>aknɣk/ *cagnadh* agr. (ach cluinnear cuideachd [<sup>h</sup>a(k)ə(n)ək] /<sup>h</sup>k<sup>h</sup>akɣnɣk/ *caganadh* le /s/ shàithtich<sup>166</sup>).

<sup>157</sup> from acoustic impression

<sup>158</sup> phonotactic criteria

<sup>159</sup> respectively

<sup>160</sup> a first approximation

<sup>161</sup> Optimality Theory

<sup>162</sup> hierarchy of licensed onsets

<sup>163</sup> at the level of syllable, foot and prosodic word

<sup>164</sup> pauses

<sup>165</sup> citation forms

<sup>166</sup> intrusive



[<sup>l</sup>b̥o(k)]<sup>l</sup>ʲɔx/ <sup>l</sup>pokLɔx/ *boglach* ainr. (ach cuideachd [<sup>l</sup>b̥o(k)ə(<sup>l</sup>ʲ)ɔx] /<sup>l</sup>pokɣLɔx/ *bogalach*).

Eisimpleirean de ghnìomhan-labhairt as fhaide<sup>167</sup> (a' sealltainn m.e. liaison, cf. Giegerich 1992 :

280-3) :

[<sup>l</sup>vi-ɪ(k)ɑ(ɡ̊)]<sup>l</sup>ʲe:(v)ʲɔxk, ə-<sup>l</sup>hu(<sup>l</sup>ʲ)ə(d̥)at(s)tʰat-<sup>l</sup>b̥u(<sup>l</sup>ʲ)ɔ(x)ɑ(s)ə(ɣ)ʲa:(<sup>l</sup>ʲ)ikʲ]

/<sup>l</sup>vi.ik a <sup>l</sup>kl'e: <sup>l</sup>vɔxk ɣ <sup>l</sup>hul'ɣ tat <sup>l</sup>stat <sup>l</sup>pul'ɔx as ɣ <sup>l</sup>ɣa:l'ik'/

*bhitheadh e glè bhochd a h-uile dad stad buileach anns a' Ghàidhlig.*

[<sup>l</sup>f̥u:(d̥)ʲ(ɔ)st̥u(h)ᵛi-ᵛi-ə(st̥)ʲaʲ<sup>h</sup>, ax-pi(k)ᵛi(s)a-ɣəʰ-nax-<sup>l</sup>d̥e:(d̥)ᵛi(m)æx]

/<sup>l</sup>f̥u:tɣs tu <sup>l</sup>hi.iN' ɣ <sup>l</sup>stəɣ', ax pik <sup>l</sup>is aɣɣt nax <sup>l</sup>t'e:t' u <sup>l</sup>mæx/

*faodas tu thighinn a-staigh ach biodh fhios agad nach tèid thu mach.*

Bho òran :

[<sup>l</sup>t̥<sup>h</sup>o(k)ɔs<sup>ɣ</sup>t̥-ə(<sup>l</sup>ʲ)ɔ(x)ə(d̥)ɪ<sup>h</sup> <sup>l</sup>ɪŋ<sup>l</sup>(ɡ<sup>l</sup>)ə, ə(v)ɪ<sup>h</sup>æh(k)ɔx, <sup>l</sup>as, ə-<sup>l</sup>ŋ<sup>g</sup>ʲhǎ-<sup>l</sup>ɲ<sup>ɪ</sup>(ç)ə,

<sup>l</sup>hɔr<sup>l</sup>-<sup>l</sup>ʲiɛh(d̥)ɔ(<sup>l</sup>ʲ)h'ah̥t̥(s)t̥ɔ(h)ʲɪ(ɲ)ə, <sup>l</sup>əs, <sup>l</sup>a(r)an-<sup>l</sup>k<sup>h</sup>ɔrk-mas-<sup>l</sup>fǎ-<sup>l</sup>ɲ<sup>ɪ</sup>(ç)ᵛi:]

/<sup>l</sup>t̥<sup>h</sup>ok ɔRSt ɣ <sup>l</sup>Lɔxɣ <sup>l</sup>tr̥iN' ɡ'ɣ, ɣ <sup>l</sup>vr'ek<sup>h</sup>ɔx, as, ɣ <sup>l</sup>ɡ<sup>h</sup>ǎNix'ɣ,

<sup>l</sup>hɔr' <sup>l</sup>l'et<sup>h</sup> tɔ <sup>l</sup>L<sup>h</sup>at<sup>h</sup> s tɔ <sup>l</sup>h<sup>l</sup>ɣiɲɣ, ɣs, <sup>l</sup>aran <sup>l</sup>k<sup>h</sup>ɔrk<sup>h</sup> mas <sup>l</sup>fǎNix' <sup>l</sup>u:/

*Tog ort a Locha Dringe a bhreacach as an ceannaiche,*

*Thoir leat do shlat 's do thaibhne is aran-corc mus fannaich thu.*

2.2.2 Tha e sònraichte gu bheil MacGhillÌosa de chaochladh beachd ri Oftedal agus ri MacAmhlaigh a thaobh lideachaidh ; tha e a' sgrìobhadh (Gillies 1993 : 161) :

‘syllabification is based on the prime unit VC rather than CV, that is *diochuimhneachadh*

“forgetting” is to be analysed as /d'ix ən əx əɣ/’.

Fhuair Borgstrøm (1937 : 76-8 ; geàrr-chunntas agus mìneachadh ann am Bosch 1998 : 4-6) lidean den dà chuid VC agus CV am Barraigh, agus tha e a' sgrìobhadh a thaobh Rois an Iar (1941 : 90) :

‘When a single consonant occurs between two vowels, the syllabic division takes place as in the Hebrides : after a long vowel the consonant belongs to the second syllable, and

<sup>167</sup> longer utterances

after a short vowel the consonant normally belongs to the first syllable ... ; but ... where the second syllable is svarabhaktic, the consonant belongs to the second syllable’.

Ach chuala Ternes (1973 : 106) lidean den ghnè CV (gu fogharach) air a’ Chomraich far an cuala Borgstrøm VC an Ros an Iar (agus am Barraigh). Le barailean cho eadar-dhealaichte seo gan cur an cèill le cànaichean cho fiosraichte, tha e cunnartach gu bheil ìre ro mhòr de shuibseigeachd<sup>168</sup> sna seallaidhean a tha aig daoine air lideachadh (*cf.* Bosch 1998 : 2 ; cuideachd Ladefoged 1993 : 248 ‘There is disagreement among phoneticians as to the correct solution to this problem’). Agus ’s ann a tha Bosch ag agairt air luchd-rannsachaidh an tuilleadh aire a thoirt do phàtrain lideachaidh<sup>169</sup> luchd-bruidhne na dualchainnt air a bheilear ag obair, agus àite a thoirt do lide an neach-bhruidhne dhùthchasaich<sup>170</sup> a bharrachd air an lide fhòn-eòlach<sup>171</sup> (1998 : 2) :

‘[The] phonological syllable may or may not prove coextensive with the native speaker’s syllable — if the two diverge, the speaker’s syllable too must not be ignored’.

Ann a bhith a’ leantainn na comhairle seo aig Bosch, an uair a dh’iarr mi air RMC agus air CNC, mar luchd-bruidhne dualchasach na dualchainnt<sup>172</sup>, na faclan a leanas a bhriseadh nan earrainnean, cha robh na beachdan aca a’ còrdadh ri chèile (cha mhòr uair sam bith). Fhuaras bho RMC lideachadh a tha a’ leantainn gu math faisg air na tar-cheangail mhoirfeimeach<sup>173</sup>, agus bho CNC fear sa bheil buailteachas air sreangan (C)VCVCV a bhriseadh mar (C)V|CV|CV, agus sreangan (C)VCCV(C) a bhriseadh mar (C)VC|CV(C) :

---

<sup>168</sup> subjectivity

<sup>169</sup> syllabification patterns

<sup>170</sup> native speaker’s syllable

<sup>171</sup> phonological syllable

<sup>172</sup> native speakers of the dialect

<sup>173</sup> morpheme junctures

<i>oidhirp aig RGW (bho</i>	<i>briseadh a rinn RMC</i>	<i>briseadh a rinn CNC</i>
<i>chrìtearan fòna-tactach)</i>		
[a(r)an] <i>aran</i> ainr.	[ar-an]	[a-ran]
[ma(r)ak] <i>marag</i> ainr.	[mar-ak]	[ma-rak]
[fa(t)ɔxk] <i>fadachd</i> ainr.	[faɫ-ɔxk]	[fa-tɔxk]
[mo'(r)an] <i>mòran</i> ainr.	(an dà chuid) [mo'r-an], [mo'-ran]	[mo'-ran]
[fa'(t)ən] <i>fàdan</i> ainr. iol.	(an dà chuid) [fa't-ən], [fa'-tən]	[fa'-tən]
[f ʃã-ŋak] <i>feannag</i> ainr.	—	[f ʃãŋ-ak]
[ˈd̥oː(x)ɔ(n)ɔx(k)ɪŋ]	[ˈd̥oː-xɔŋ-ɔxk-ɪŋ]	[ˈd̥oː-xɔŋ-ɔx-kɪŋ]
<i>dìochuimhneachadh agr.</i>		
[ara(m)ɔxk] <i>armachd</i> ainr.	[aram-ɔxk]	[ara-mɔxk]
[ʃal̥ʷɑ(k)ɑɾʲ] <i>sealgair</i> ainr.	[ʃal̥ʷɑk-ɑɾʲ]	[ʃal̥ʷɑ-kɑɾʲ]
[aʊ̯ʷ(t)an] <i>alltan</i> ainr.	[aʊ̯ʷt-an]	[aʊ̯ʷ-tan]
[mĩ'ʎ(tʲ)ən] <i>miltean</i> ainr. iol.	[mĩ'ʎtʲ-ən]	[mĩ'ʎ-tʲən]
[sʲʷɑh(t)ən] <i>slatan</i> ainr. iol.	[sʲʷɑht-ən]	[sʲʷɑh-tən]
[b̥ɑh(k)ək] <i>bacadh</i> agr.	[b̥ɑhk-ək]	[b̥ɑh-kək]
[b̥ɔx(k)əŋ] <i>bochdainn</i> ainr.	[b̥ɔxk-əŋ]	[b̥ɔx-kəŋ]
[ˈfʷuː(d̥)ʷ(s̥t)u(h)ᵢ-ᵢŋ-ə(s̥t)ˈaʲʰ]	—	[ˈfʷuː-d̥ ʷs-tu-hi-ᵢŋ-əs-ˈtʰaʲʰ]
<i>faodas tu thighinn a-staigh</i>		

A thaobh an eadar-dhealachaidh seo sna lideachaidhean aig RMC agus CNC, cf. Ladefoged 1993 : 245, agus e a' beachdachadh air tuaireim<sup>174</sup> dhaoine air àireamh nan lidean ann am facal :

'It is ... possible that different people do different things when asked to say how many syllables there are in a word. Some people may pay more attention to the phonological structure of words than others'.

San aon seòrsa dòigh, anns an lideachadh a rinn iad dhomh bidh e coltach gu robh RMC a' toirt an aire do structar morf-eòlach an fhacail gu ìre na bu mhotha na CNC.

## 2.3 Structar

An Gl. gheibhear mar lide fòn-eòlach : niuclas (no bàrr)<sup>175</sup>, niuclas agus còda, no ionnsaigh, niuclas agus còda<sup>176</sup>. Gheibhear mar ionnsaigh eadar aon chonsan agus trì consain ; gheibhear mar niuclas aon-fhoghar goirid no fada, no dà-fhoghar, no còmhlán de dhà fhuaimreig ghoirid le consan sònarach<sup>177</sup> eatarra (còmhlán svarabhakti) ; gheibhear mar chòda eadar aon chonsan agus ceithir consain. Cuirear seo an cèill leis na foirmlichean :

(i) lidean gun svarabhakti : (C<sub>a</sub>)(C<sub>b</sub>)(C<sub>c</sub>)(C<sub>d</sub>)V<sub>1</sub>(V<sub>2</sub>)(C<sub>1</sub>)(C<sub>2</sub>)(C<sub>3</sub>)(C<sub>4</sub>) (*cf.* MacAulay 1992 : 233 ; Giegerich 1992 : 150).

Eisimpleirean : le (C<sub>a</sub>)(C<sub>b</sub>)(C<sub>c</sub>)(C<sub>d</sub>)... : /skl'jɔ:.ɔx/ *sgleòthach* br. ('BLURRY') ; le ... (C<sub>1</sub>)(C<sub>2</sub>)(C<sub>3</sub>)(C<sub>4</sub>) : /N'ɑRSTVɔɾ/ *neartmhor* br., /k<sup>h</sup>[uɣ]Rstl'ɑnɔx/ *cuairtleanach* agr. ('GOING AROUND, SWIRLING').

(ii) lidean le svarabhakti : (C<sub>a</sub>)(C<sub>b</sub>)(C<sub>c</sub>)V<sub>1</sub>C<sub>s</sub>V<sub>2</sub>(C<sub>1</sub>)(C<sub>2</sub>)

Eisimpleir : le (C<sub>a</sub>)(C<sub>b</sub>)(C<sub>c</sub>)... : /skl' [ẽmɛ]k<sup>h</sup>il' / *sgleimceil* agr. ('FAWNING, INGRATIATING') ; le (C<sub>1</sub>)(C<sub>2</sub>) : /k<sup>h</sup>[ɣr'ɣ]p<sup>h</sup>t'(ɣ) / *coirpt(e)* br. ('AWKWARD, PERVERSE') bt. 'coirbte', /t<sup>h</sup>[ɑrɑ]ksɣ / *targsa* agr. (bt. 'tairgse'), /m<sub>l</sub>ul'ujk<sup>h</sup>nɣn / *muilcnean* ainr. iol.

Bidh e coltach gur e /s/ a-mhàin a tha ceadaichte ann an suidheachadh C<sub>a</sub> ; *cf.* airson na Beurla Giegerich 192 : 147-50. A thaobh an tuilleadh anailis air structar an lide and Gl., fo shealladh m.e. cridhe-lide agus aipeandaig<sup>178</sup>, no teampalaid agus sìoltachain airson ionnsaigh agus rim<sup>179</sup>, dh'fheumteadh rannsachadh a bharrachd a dhèanamh.

## 2.4 Beum

2.4.1 Tha an suidheachadh an Gl. a thaobh beum coltach ris an fhear sin an Liùrbost air a bheil tuairisgeul aig Oftedal (1956 : 32-5) ; faic cuideachd MacAulay 1992 : 234-5 agus Gillies

---

<sup>174</sup> impression

<sup>175</sup> nucleus (or peak)

<sup>176</sup> onset, nucleus and coda

<sup>177</sup> sonorant

<sup>178</sup> core syllable and appendix

<sup>179</sup> template and filters for onset and rhyme

1993 : 164-6. Aithnichear dà ìre de bheum air an lide, prìomh bheum agus dàrnacha<sup>180</sup> beum, a bharrachd air an lide a bhith gun bheum (is dòcha gun gabhadh treasacha<sup>181</sup> beum aithneachadh ann an cuid de shuidhichidhean, cf. Ó Murchú 1989 : 67-71, agus shìos). Sa chumantas ann am faclan le beum tha am beum a' tighinn air a' chiad lide. Gheibhear beum air lide neo-thùsach ann an cuid de dh'fhaclan-iasaid agus gu h-ainmrig ann am faclan eile : /<sub>l</sub>ai<sub>l</sub>ti.ɑ/ *aidh-dithea* ainr. ('IDEA'), /pʁ'd<sup>h</sup>ɑ:t<sup>h</sup>(ʁ)/ *buntàt(a)* ainr., /fi'l'etik / *fileadaig* gr. àithn. ('FILLET'), /stra've:k'aroxk/ *sraibhèigearachd* agr. ('STRAVAIGING') /sʁ'p<sup>h</sup>o:st/ *supòst* rgc. ('SUPPOSED'), /t<sup>h</sup>ʁ'bak<sup>h</sup>(ʁ)/ (fuaim. caoch.) *tombac(a)* ainr. ; /t'ʁ'L<sub>l</sub>uʁ<sub>l</sub>N'/ *Diluain* ainr. dil. Ann am mòran fhaclan co-fillte<sup>182</sup> agus fhaclan le ro-leasachain bhunachail<sup>183</sup> gheibhear barrachd is aon lide le bheum : /'u:ʔð.ɔN'/ *ao-domhain* br., /k<sup>h</sup>ʔi<sub>l</sub>spi<sub>l</sub>ox/ *coinn-speech* ainr., bt. 'connspeach' (Vespidae etc., 'WASP'), /t'i:mɔLʁk/ *dì-moladh* agr., /e:'koməsɔx/ *eu-comasach* br., /fi't'xasɔx/ *fiod-chasach* br. ('LONG-LEGGED'), /fr'i<sup>h</sup>r<sup>h</sup>ɑ.at/ *frith-rathad* ainr., /L'ɛ'L<sup>h</sup>ǎ:n *leth-làn* br., /mĩ: 'ɔRstɔnɔx/ *mì-fhortanach* br., /p<sup>h</sup>i:r'vuk<sup>h</sup>/ *pìr-bhuic* ainr. ('A WIG'), /s'ʔi<sub>l</sub>du<sub>l</sub>N'ʁ/ *seann-duine* ainr., /ʁ 's'ʔi<sub>l</sub>N'ɛr/ *an seann-fhear* ainr. cinnteach, /ʁ 'd<sup>h</sup>ʔi<sub>l</sub>N<sub>l</sub>t<sup>h</sup>e/ *an t-seann-tè* ainr. cinnteach, /s'ʔi<sub>l</sub>ɛ<sub>l</sub>v<sub>l</sub>ʔi<sub>l</sub>t'ʁN/ *sean-mhaighdeann* ainr. ('A SPINSTER'), /s'ʔi<sub>l</sub>r<sub>l</sub>hul'ox/ *siar-shùileach* br. ('SQUINT-EYED').

Mar a chunnacas, tha dà uas-mheud de bheum rin cluinntinn air lidean svarabhakti a leithid /f<sub>l</sub>ɔLɔ/ agus air /l<sub>l</sub>ɑrɑ<sub>l</sub>m/, agus iad co-ionnan no leis an tuilleadh neart air an dara uas-mheud. Mar a thug Oftedal (1956 : 36) an aire, tha seo buailteach air neach a chur an iomrall ann a bhith a' tar-sgrìobhadh fhaclan le svarabhakti, agus air a' chiad èisteachd chlàraich mi fhìn m.e. /kL<sub>l</sub>ǎmɑ<sub>l</sub>s'ox/ *glaimseach* agr. ('GOBBLING') mar fhacal trì lideach le prìomh bheum air an dara lide : \*\*/kL<sub>l</sub>ǎ<sup>l</sup>mas'ox/ ; ach tha iom-line na tòn-àirde<sup>184</sup> a' dèanamh soilleir aig deireadh gnothaich gur e facal dà-lideach le svarabhakti a tha ann an /kL<sub>l</sub>ǎmɑ<sub>l</sub>s'ox/ *glaimseach*.

<sup>180</sup> secondary

<sup>181</sup> tertiary

<sup>182</sup> compound words

<sup>183</sup> derivational prefixes

2.4.2 Tha a' mhòr-chuid de dh'fhaclan comasach air beum a ghabhail, ach tha cuid ann air nach bi beum sa chumantas: an t-alt, am mion-fhacal<sup>185</sup> àireamhail m.e. /ɣ 'vɑ:/ a dhà, am mion-fhacal ceisteach m.e. /ɣ 'bel'/ am beil bt. 'a bheil', am mion-fhacal co-ghnìomhaireil m.e. /ɣ 'mɛx/ a-mach, mion-fhaclan agus riochdairean dàimheach m.e. /mar ɣ 'va/ mar a bha, /ɣ 'fɛr ɣ va/ am fear a bha, mion-fhaclan ro-ghnìomhaireach<sup>186</sup>, am mion-fhacal naisgeil<sup>187</sup> m.e. /ɣɔn ɣ 'bel'/ ghon am beil bt. 'far a bheil'; naisgearan simplidh (ach faodaidh /ɑɣɣs/ agus, /na/ no ('OR'), /ɣat/, /kat/ ged, beum a ghabhail ann an gnìomhan-labhairt ceannasach<sup>188</sup>); roimhearan simplidh; ro-sheilbhich<sup>189</sup>; agus a' chopail<sup>190</sup>. Tha riochdan sònraichte ann do na riochdairean<sup>191</sup> an uair a bhitheas beum orra, agus sa chumantas cha bhi beum air na riochdan bunaitheach<sup>192</sup>; ach faodaidh iad seo beum a ghabhail (ann an riochd le fuaimreig fhada): ann an cuid de dh'abairtean leis a' chopail, /s 'tu: 'va:/ 's tù bhà; agus ann an ath-fhreagairtean ceannasach<sup>193</sup>, mar eisimpleir ann a bhith ag àicheadh firinn ràiteis<sup>194</sup>: ràiteas /ha 'xɣɣ' mi naɣ ,ro u 't̪ɛuɣN/ cha chreid mi nach robh thu ann, ath-fhreagairt<sup>195</sup> /ha ro 'mĩ:/ cha robh mì ('I CERTAINLY WASN'T').

2.4.3 Mar a tha MacAmhlaigh (1992: 234) air comharrachadh airson a' chànain sa choitcheannas, mar sin ann an dualchainnt Gl. tha am prìomh bheum ann an abairtean ainmearach<sup>196</sup> an cumantas a' tighinn air mion-atharraichean leicseachail<sup>197</sup> seach air a' cheann, agus air an nì leicseachail<sup>198</sup> mu dheireadh san abairt: /t̪<sup>h</sup>ouɣl'ar' ,mo:r ,krɛ:tɣ 'k<sup>h</sup>ʒN'/ tobhlair mòr grànda coin ('A BIG HORRIBLE MASTIFF OF A DOG'). Mar aon toradh air a seo, sna

<sup>184</sup> the pitch contour

<sup>185</sup> particles

<sup>186</sup> preverbal

<sup>187</sup> numeral, interrogative, adverbial, relative and conjunctive

<sup>188</sup> assertive utterances

<sup>189</sup> pre-possessives

<sup>190</sup> copula

<sup>191</sup> there are particular forms of pronouns

<sup>192</sup> the basic forms are not generally stressed

<sup>193</sup> assertive responses

<sup>194</sup> denying the truth of a statement

<sup>195</sup> response

<sup>196</sup> noun phrases

<sup>197</sup> lexical modifiers

<sup>198</sup> lexical item

h-abairtean ainmearach a gheibhear mar ainmean-àite cluinnear gu tric sreathan pàtranaichte<sup>199</sup> de lidean le dàrnacha beum<sup>200</sup> agus de lidean gun bheum, agus lide le prìomh bheum san eileamaid mu dheireadh san abairt: /k<sup>h</sup>u:xan ɣ<sub>1</sub> N'ex' 'vu.i/ *Caochan an Eich Bhuidhe*, /k<sup>h</sup>ɔr'ɣ ri 'va:rstiN'/ *Coire Ruighe Mhàrtainn* (ainmean-àite); /k<sup>h</sup>r'ek ri 'v[ɔrɔ]ɣaN'/ *Creag Ruighe Mhorghain* (ainm baile 'CRAIG'), /e'l'an xɔr' [ɹi]i/ *Eilean Choir' Ùidh*, /Lɔxan tu nɣ 'pra:.aN/ *Lochan Dubh na Bràthann*, /t<sup>h</sup>[ou]L nɣ ,mũk<sup>h</sup>ɣ 'marɣ/ *Toll na Muice-mara*. Dh'fhaodadh gur e a bhith a' tighinn a rèir phàtran den t-seòrsa seo as adhbhar am pàirt<sup>201</sup> (còmhla ri roghnachas airson shreangannan CVCVCV... sna troighean fòn-eòlach leis an ìre as lugha de bheum<sup>202</sup>, agus cuideachd fo bhuidh prionnsabal na so-ruitheamachd<sup>203</sup> : cf. Giegerich 1992 : 260-79) gu bheil /ɣ/ neo-fhreumh-eòlach<sup>204</sup> a' nochdadh cho bitheanta ann an eileamaidean ainmean-àite: /Lɔx ,hɔLɣ nɣ 'b[iɣ]st/ *Loch Tholl nam Biast*, /trɔhit' nɣ ,k<sup>h</sup>ar<sup>h</sup>ɔxɣ 'pik'ɣ/ *Drochaid na Cathrach Bige*, /nɣ ,mĩL'ɣ 'ɣLAsɣ/ *na Mill Ghlasa*.

Bheirear an aire gur dòcha gur ann air abairtean mar seo a bu mhotha a lùigeadh neach treasacha beum<sup>205</sup> a thoirt a-steach san eadar-mhineachadh, m.e. (ma chleachdar sa pharagraf seo /, /, /, / mar shamhlaidhean air prìomh, air dàrnacha agus air treasacha beum fa leth<sup>206</sup>): /,k<sup>h</sup>u:xan ɣ<sub>1</sub> N'ex' 'vu.i/ *Caochan an Eich Bhuidhe*, /Lɔxan tu nɣ 'pra:.aN/ *Lochan Dubh na Bràthann*, /,t<sup>h</sup>[ou]L nɣ ,mũk<sup>h</sup>ɣ 'marɣ/ *Toll na Muice-mara*, /,Lɔx ,hɔLɣ nɣ 'b[iɣ]st/ *Loch Tholl nam Biast*, /,trɔhit' nɣ ,k<sup>h</sup>ar<sup>h</sup>ɔxɣ 'pik'ɣ/ *Drochaid na Cathrach Bige*.

2.4.4 Ach a dh'aindeoin fo-inbheachd<sup>207</sup> de na seòrsachan seo air beum, a gheibhear sa chumantas ann an abairtean le dà fhacal no le barrachd a tha fo bheum, cluinnear cuideachd abairtean le dà phrìomh bheum no le trì prìomh bheumannan (dh'fhaodadh fiù 's ceithir no

<sup>199</sup> patterned sequences

<sup>200</sup> with secondary stress

<sup>201</sup> conformity to this kind of patterns is partly the reason

<sup>202</sup> a preference for CVCVCV... strings in the phonological feet having the least degree of stress

<sup>203</sup> principal of eurhythmy

<sup>204</sup> non-etymological

<sup>205</sup> tertiary stress

<sup>206</sup> as symbols for primary, secondary and tertiary stress respectively

<sup>207</sup> subordination

barrachd) an dèidh a chèile : /<sup>l</sup>trɔx <sup>h</sup>nɛx/ *droch-neach* ainr. ('A RASCAL');  
 /ɣ <sup>h</sup>vĩk <sup>h</sup>ɣ <sup>h</sup>d<sup>h</sup>ɑ:t<sup>h</sup>ɔN<sup>h</sup>/ *a mhic an t-Satàin!* /<sup>l</sup>k<sup>h</sup>ɛ: <sup>h</sup>d<sup>h</sup>astɔn/ *cè an taston!* ('GIVE ME THE  
 SHILLING!'), /<sup>l</sup>La.ɑ <sup>h</sup>pu.i <sup>h</sup>p[ɛu]L<sup>h</sup>ɣN<sup>h</sup>/ *latha buidhe Bealltainn*, /<sup>l</sup>[ɣi]x' ə <sup>h</sup>Nɔ.ix'ɣr <sup>h</sup>γuγ'/  
*Oidhche an Ofhaicheir Dhuibh*, /<sup>l</sup>f[ir' i] <sup>h</sup>x[ɔRɔ] <sup>h</sup>[uɣ]r'/ *fìor chòrr uair* ('EXTREMELY  
 OCCASIONALLY'), /<sup>l</sup>te: <sup>h</sup>gr[ou]t<sup>h</sup>ɣ <sup>h</sup>mo:r <sup>h</sup>k<sup>h</sup>ɑ:s' <sup>h</sup>ɣ <sup>h</sup>h[uɣ]r' <sup>h</sup>ɑ/ *dè an grobhta mòr càis a fhuair e*  
 ('WHAT A BIG CHUNK OF CHEESE HE GOT'), /<sup>l</sup>te: <sup>h</sup>da: <sup>h</sup>γ[ia]γ <sup>h</sup>vo:r <sup>h</sup>γrɛ:ntɣ her' <sup>h</sup>ɣ <sup>h</sup>ruĩ:n/ *dè an*  
*dà ghèadh mhòr ghrànda a tha air an raon.*

A dh'aindeoin seo uile, feumar a ràdh nach eil Ladefoged (1993 : 115-8), a thaobh na Beurla, ag aithneachadh difir ìrean de bheum :

'I personally do not consider it useful to think in terms of a multilevel system.

Descriptions of this sort are not in accord with the phonological facts' (*op. cit.* td. 117).

Na bheachd-san chan fhaighear ach lidean le beum agus lidean gun bheum ; mas e lidean le beum a tha annta dh'fhaodadh iad a bhith a' giùlan an aicinn thònaich<sup>208</sup>, nì a tha a' toirt dhaibh *coltas* beum nas treasa a bhith orra ; a thaobh lidean gun bheum dh'fhaodadh fuaimreag lùghdaichte no gun a bhith lùghdaichte a bhith aca<sup>209</sup>, agus *coltas* air lidean le fuaimreag gun a bhith lùghdaichte gu bheil ìre nas treasa de bheum orra na tha air lidean le fuaimreag a tha lùghdaichte. Cf. Ladefoged 1993 : 116 :

'In longer words containing two stresses, the apparent difference in the levels of the first and second stress is really due to the superimposition of an intonation pattern' ;

agus *op. cit.* td. 117 :

'We can say that English syllables are either stressed or unstressed. If they are stressed, they may or may not be the tonic syllables, which carry the major pitch change in the tone group. If they are unstressed, they may or may not have a reduced vowel.'

A bharrachd air an seo, tha Ladefoged (1993 : 117 Clàr 5.4) a' sealltainn foirmle airson an siostam aige fhèin thionndadh gu fear le beum iom-ìre<sup>210</sup>, agus dh'fhaodadh e a bhith gun gabhadh i seo mion-atharrachadh gus a co-chur ri beum mar a gheibhear e an dualchainnt Gl. ;


<sup>208</sup> they may bear the tonic accent




ach dh'fheumte an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh mun feuchadh neach ri seo a thoirt gu buil.

## 2.5 In-tònachd san t-Seantans<sup>211</sup>

Faodar an t-eadar-mhineachadh a thug MacAmhlaigh air in-tònachd ann an dualchainnt Bheàrnaraigh (MacAulay 1979 ; 1992 : 237-8) a cho-chur ri dualchainnt Gl. Gu sònraichte, cluinnear an Gl. cuideachd an tòn na neodrail Tòna I(a) ('mid-falling' : MacAulay 1992 : 237 ; a rèir coltais tha seo a' co-fhreagairt, a thaobh an fhiosrachaidh a bheir e dhuinn air seasamh-inntinn an neach-bhruidhne, ris an iom-lìne 'low-fall' aig Blankenhorn 1981-2, § 1.33) : tòn-àird thuiteamach<sup>212</sup>, air an eileamaid thònaich<sup>213</sup> ann an ràiteasan aontach<sup>214</sup> agus ann an ceistean le eileamaidean-Q follaiseach<sup>215</sup>. Ma chleachdar na samhlaidhean aig MacAmhlaigh, le gearradh ingearach<sup>216</sup> | a' comharrachadh toiseach na h-eileamaid thònaich :

  
*Fhuair mi | freagar*

  
*An d'fhuair thu | freagar?*

Ach mar thoradh air an ìom-lìne tòn-àird<sup>217</sup> a gheibhear air faclan aon-lideach aig a bheil fuaimreag fhada, dà-fhoghar no còmhlan svarabhakti mar niuclas, tha Tòna I ga mhionatharrachadh gu fear le tòn-àird rèidh ann an eileamaidean tònach as e faclan den t-seòrsa seo a tha annta<sup>218</sup> :

---

<sup>209</sup> they may have a reduced vowel or one which is not reduced

<sup>210</sup> to convert his system to one having multilevel stress

<sup>211</sup> sentence intonation

<sup>212</sup> falling pitch

<sup>213</sup> tonic element

<sup>214</sup> affirmative statements

<sup>215</sup> overt Q-elements

<sup>216</sup> vertical cut

<sup>217</sup> pitch contour

<sup>218</sup> Tone I is modified to one of even pitch in tonic elements consisting of words of this kind

---

*Dh'fhàs e | mòr*

---

*An d'fhàs e | mòr?*

---

*Tha mi | fuar*

---

*A bheil thu | fuar?*

---

*Tha mi a' | falbh*

---

*A bheil thu a' | falbh?*

Tha mi am barail gu bheil an tòn-àird rèidh a gheibhear air faclan aon-lideach an taobh a-staigh nan eileamaidean tònach ann an ràiteasan aontach<sup>219</sup>, aig tòn-àird a tha nas isle na an tè a chluinnear air na faclan seo an uair as ann an taobh a-muigh na h-eileamaid thònaich a tha iad<sup>220</sup>, mar thoradh air a' bhuidh a tha aig drioft-shìos air tòn-àird an lide<sup>221</sup>. Is dòcha cuideachd gum bi diofar chruthan air Tònaichean II, III agus IV air faclan aon-lideach le niuclas fada; ach feumar an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh air na puingeannan seo.

## 2.6 Cainneachd<sup>222</sup>

2.6.1 Mar a chunnacas shuas (faic am beachdachadh ann an earrainn **2.1 An Lide**) tha Ternes (1973 : 104-122) a' cur suas siostam le co-chontrarrachd fhòineimich thrì-mheuraich de chainneachd fhuaimreag<sup>223</sup>, stèidhichte air cunntadh morae, airson dualchainnt na Comraich.

---

<sup>219</sup> the level pitch on monosyllables within the tonic element in affirmative statements

<sup>220</sup> at a lower pitch than that heard on these words when occurring outside the tonic element

<sup>221</sup> due to the effect of downdrift on syllable pitch

<sup>222</sup> quantity

<sup>223</sup> vowel quantity

Ach ged a chluinnear an Gl. co-chontrarrachd *fhogharach* thrì-meurach<sup>224</sup> ann an cainneachd<sup>225</sup> fhuaimreag (goirid ~ leth-fhada ~ fada), mar a chaidh a shealltainn shuas tha an t-eadar-dhealachadh eadar leth-fhada agus fada an-còmhnaidh ion-fhàisneachail<sup>226</sup> bho àireamh nan lidean san fhacal, agus mar sin neo-fhòineimeach<sup>227</sup>. Gu fòineimeach 's e comhaireachd<sup>228</sup> dhà-àireimh<sup>229</sup> ann an cainneachd fhuaimreag a gheibhear an Gl., eadar goirid agus fada<sup>230</sup>. Eisimpleirean : /k<sup>h</sup>ar/ *car* ainr. ('A TURN') ~ /k<sup>h</sup>ar/ *càr* ainr. ('A CAR'), /faɪ'ɾk/ *faileadh* agr. ('HINDERING') ~ /fa:l'ɾk/ *fàileadh* ainr., /fat/ *fad* ainr. ~ /fa:t/ *fàd* ainr. (m.e. fàd mòine), /mɑrst/ *mart* ainr. ~ /mɑ:rst/ *Màrt* ainr. dìl. ; /pɛn/ *bean* ainr. ~ /pɛ:n/ *bàn* br. ; /eɪ'ɾ/ *eile* br. ~ /e:l'ɾ/ *èibhle* ainr. gin. ('OF A LIVE EMBER'); /ɣ'i/ *dh'fhigh* gr. preit. ~ /ɣ'i:/ *dhith* riochd. roi. 3 sg. boir., /nĩ/ *nigh* gr. preit. ~ /nĩ:/ *nì* gr. teachd. ; /k<sup>h</sup>ɔN'/ *coin* ainr. iol. ~ /k<sup>h</sup>ɔ:N'ɾ/ *còine* agr., bt. 'caoineadh', /ɔLɾ/ *ola* ainr. ~ /ɔ:L/ *òl* agr., /ɣɔrst/ *ghoirt* br. sèimhichte ~ /ɣɔ:rst/ *dhòirt* gr. preit. ; /fos'/ *fois* ainr. ~ /o:s'k'/ *òisg* ainr. ; /mũN'/ *muin* ainr. ~ /mũ:N'/ *mùin* ainr. gin., /suɣ'/ *suidh* gr. àithn. ~ /su:ɣ'/ *sùigh* gr. àithn. ('ABSORB'); /tũN'ɾ/ *duine* ainr. ~ /tũ:N'ɾ/ *daoine* ainr. iol. ; /fɾ.i/ *faighe* gr. cumh. eis., bt. 'faigheadh' ~ /fɾ:.i/ *faighdhe* agr., bt. 'faoighe' ('THIGGING').

2.6.2 Gheibhear a' chomhaireachd fhòineimeach<sup>231</sup> eadar goirid is fada ann am fuaimreagan aon-fhogharach<sup>232</sup> ann an lidean le beum<sup>233</sup>, a-mhàin. Tha dà-fhogharan an-còmhnaidh fada, agus aon-fhogharan ann an lidean gun bheum an-còmhnaidh goirid. Chan fhaighear dà-fhogharan ann an lidean gun bheum, agus mar thoradh air sin ann an abairtean (m.e. ainmean-àite) far am faighear lidean a tha air am beum a chall, bidh dà-fhoghar tùsail sam bith ann a leithid de lide air a lùghdachadh gu aon-fhoghar goirid<sup>234</sup> : /pɪɑɟL/ *beul* ainr., ach /pɛL ɾ 'Nɑ:/

<sup>224</sup> three-way phonetic contrast

<sup>225</sup> quantity

<sup>226</sup> predictable

<sup>227</sup> non-phonemic

<sup>228</sup> opposition

<sup>229</sup> binary phonemic contrast

<sup>230</sup> phonemically one has a binary opposition in vocalic quantity in Gairloch, between short and long

<sup>231</sup> phonemic opposition

<sup>232</sup> monophthongal

<sup>233</sup> in monophthong vowels in stressed syllables

<sup>234</sup> in phrases (e.g. place-names) in which are found syllables which have become unstressed, any diphthong in such a syllable is reduced to a short monophthong

*Beul an Àth* (ainm-àite); / $[\text{ũ}\alpha_n]$ / *uan* ainr., ach / $\text{ʒn} \text{ }^1\text{ɔ:k/}$  *uan òg* ('A SPRING LAMB') (agus gheibhear an tuilleadh eisimpleirean san earrainn air fuaimreagan gun bheum).

Ann an còmhlan svarabhakti tha an dà fhuaimreig gu fòineimeach goirid (ach mar a chunnacas shuas, ann am faclan aon-lideach bidh an dara fuaimreag dhiubh gu fogharach leth-fhada); tha an còmhlan gu lèir co-ionann a thaobh faid fhòineimich<sup>235</sup> ri dà-fhoghar no ri fuaimreig fhada.

Anns a' mheas-ainm / $\text{ʁ} \text{ }^1\text{bek}':\alpha\text{n/}$  am *Peigean* ainr. dil. ('PEGGY') (a gheibhear a bharrachd air an riochd as cumanta / $\text{p}^h\text{ek}'i/$  *Peigi* ainr. dil.) shaoil mi uaireannan gun cuala mi an fhuaimreag san lide le beum a bhith beagan nas fhaide na an àbhaist, mar gum b' e / $\text{ʁ} \text{ }^1\text{b}^h[\text{e}:\text{k}^j]\alpha\text{n/}$  (ach gun an fhuaimreag le beum a bhith cho fada m.e. ris an [e'] ann am / $\text{p}^h[\text{e}^j]\text{ʁ/}$  (/ $\text{p}^h\text{e:l}'\text{ʁ/}$ ) *pèile* ainr. 'A PAIL'). Ach aig deireadh gnothaich saoilidh mi gur e mì-chluinntinn<sup>236</sup> a bha ann, agus gur e an consan dùinte a tha fada san fhacal-iasaid seo bho BA, agus nach e an fhuaimreag: / $\text{ʁ} \text{ }^1\text{b}^h[\text{ek}^j]:\alpha\text{n/}$  / $\text{ʁ} \text{ }^1\text{b}^h\text{ek}':\alpha\text{n/}$  (cf. Dorian 1978 : 54).

2.6.3 Tha Borgstrøm (1941 : 77, 82-3) a' cur suas airson Gl. ceithir dà-fhogharan aig a bheil fuaimreag fhada mar dhara eileamaid (1941 : 77 : 'diphthongs ... with the second vowel long'); a' cleachdadh nan samhlaidhean aige fhèin 's iad :  $[\text{i}u:]$ ,  $[\text{ɛ}ɔ:]$ ,  $[\text{e}o:]$ ,  $[\text{e}ø:]$  (NB ø: aig Borgstrøm = / $\text{ʁ}:$ / san tràchdas seo). (Faic cuideachd Borgstrøm 1937 : 94-5, far a bheil tuairisgeul aige air trì dà-fhogharan leis an dara eileamaid fada ann an dualchainnt Bharraigh). Ach ma dh'èistear ris na h-eisimpleirean a tha Borgstrøm a' sealltainn de dh'fhaclan sam faighear dà-fhogharan 'fada' den t-seòrsa seo (mar eisimpleir 'triùir', 'beò', 'ceò', 'leòbag', 'teaghlach'), tha mi am barail gun cluinnear an Gl. an latha an diugh niuclas fuaimreagach a tha co-ionann ann am fad ri dà-fhoghar gnàthach (i.e. dà-fhoghar sa bheil an dà fhuaimreig goirid gu fòineimeach) no ri fuaimreig aon-fhogharaich a tha fada<sup>237</sup> gu fòineimeach; 's e sin, niuclas a tha dà-

<sup>235</sup> as regards phonemic length

<sup>236</sup> mishearing

<sup>237</sup> one hears a vocalic nucleus which is equivalent in length to a normal diphthong (i.e. one having both vowels phonemically short) or to a phonemically long monophthong vowel

mhorathach<sup>238</sup>. Mar thoradh air a seo, airson an t-eadar-mhineachadh aig Borgstrøm a ghleidheadh dh'fheumte siostam a chur suas, a thaobh nan dà-fhogharan seo aige, aon chuid de niuclasan fuaimreagach a tha sàr-fhada<sup>239</sup> (trì-morathach<sup>240</sup>) gu fòineimeach<sup>241</sup>, nì nach cluinnear idir sna niuclasan a tha sa cheist; air neo de dh'fhad fhuaimreag far a bheil trì fuaimreagan (anns na dà-fhogharan seo a-mhàin) co-ionann ann am fad ri dà fhuaimreig ann an niuclasan eile<sup>242</sup> ('s e sin, gum bitheadh na trì fuaimreagan a' cunntadh dà mhora eatarra). Tha e soilleir gu bheil an dà fhuasgladh<sup>243</sup> seo mì-fhreagarrach.

San aon dòigh tha Borgstrøm a' cur suas cuideachd nan dà-fhogharan [iu], [ɛɔ], ach an uair a dh'èistear ri faclan anns am faighear iad seo (mar eisimpleir 'piuthar', 'reodhadh'), aithnichear gu bheil an niuclas fuaimreagach co-ionann ann am fad ri fuaimreag aon-fhogharach a tha gu fòineimeach goirid, 's e sin, gu bheil e aon-mhorathach<sup>244</sup>.

'S e a tha againn gu fogharach ann am faclan far a bheil Borgstrøm a' sealltainn nan dà-fhogharan seo, fuaimreag fhada (a thaobh [iu:], [ɛɔ:], [eo:], [eø:] aig Borgstrøm) no fuaimreag ghoirid (a thaobh [iu], [ɛɔ] aig Borgstrøm) le sleamhnan fuaimreagach<sup>245</sup> a' tighinn roimhpe Air a' phuing seo *cf.* Greene 1976 : § 3.4.1, agus cuideachd § 5.0 far a bheil e ag ràdh :

'the evidence of Scottish Gaelic shows that, in some forms at least of the spoken [Classical Modern Irish] language, the short diphthongs *eo* and *iu*, and the long diphthongs *eó* and *iú*, were rounded vowels with short fronted onset, of the type postulated [as [ʰo:], [ʰu:]]'.

Mar a thug Ternes (1973 : 33) an aire air a' Chomraich, mar sin an Gl. tha na sleamhnain seo beulaibh, agus le ìre de dh'fhosgailteachd a tha an urra ri ìre fosgailteachd na fuaimreig a tha

<sup>238</sup> bimoraic

<sup>239</sup> extra-long

<sup>240</sup> trimoraic

<sup>241</sup> one would need to postulate a system as regards these diphthongs of his either of syllabic nuclei which are extra-long phonemically

<sup>242</sup> or else of vowel length in which three vowels (in these diphthongs alone) are equal in length to two vowels in other nuclei

<sup>243</sup> solution

<sup>244</sup> monomoraic

<sup>245</sup> vocalic glide

gan leantainn<sup>246</sup>. Eisimpleirean (airson Gl.): /t<sup>h</sup>r[ɹ̥ɹ̥:]r/ triùir ainr., /[j̥u]xɹr/ iuchair ainr., /L[ɹ̥o:]pak/ leòbag ainr., /t<sup>h</sup>[ɹ̥ɹ̥:]Lɔx/ teaghlach ainr., /p[ɹ̥ɔ:]/ beò br., /R[ɹ̥ɔ].ɔk/ reodhadh agr. Seach gu bheil co-roinn nan sleamhnan [j̥, ɹ̥, ɹ̥] ion-fhàisneachail<sup>247</sup> bhon fhuaimreig a tha gan leantainn, mar sin 's e alafonan suidheachail<sup>248</sup> a tha annta de dh'aon fhòineim, a dh'fhaodar a sgrìobhadh gu fòineimeach (a' leantainn Ternes 1973 : 43) mar /j̥/; agus faodar na h-eisimpleirean shuas a sgrìobhadh gu fòineimeach mar a leanas: /t<sup>h</sup>r̥j̥u:r/ triùir, /j̥uɹr/ iuchair, /L'j̥o:pak/ leòbag, /t<sup>h</sup>̥ɹ̥:Lɔx/ teaghlach, /p̥ɹ̥ɔ:/ beò, /R̥j̥ɔ.ɔk/ reodhadh.

Mar sin cha tèid gabhail ris na dà-fhogharan [iu:], [iu], [eo:], [eø:], [ɛɔ:], [ɛɔ] aig Borgstrøm 1941 san tràchdas seo, agus ann am faclan far an do sheall Borgstrøm iad thèid an niuclas lideach eadar-mhìneachadh an seo<sup>249</sup> mar fhuaimreig fhada (a thaobh [iu:], [ɛɔ:], [eo:], [eø:]) no ghoirid (a thaobh [iu], [ɛɔ]), leis an fhuaimreid<sup>250</sup> /j̥/ (teasgan a tha na fhuaimreig fo dheimhneid fhogharach, ach aig a bheil fuincsean mar chonsan gu fòn-eòlach<sup>251</sup>) a' tighinn roimhpe san ionnsaigh lideach<sup>252</sup>. A thaobh seo cf. dh'fhaodadh an gnìomhadh fòna-tactaigeach aimhriaghailteach ann an ionnsaighean lideach<sup>253</sup> aig an fhòineim /j/ sa Bheurla, nì a ghabhas mìneachadh tro bhith a' coimhead air an teasgan seo mar phàirt den dà chuid ionnsaigh agus bàrr an lide<sup>254</sup> (faic Giegerich 1992 : 157-9).

#### 2.6.4 Co-roinn air Cainneachd Fhuaimreagaich<sup>255</sup>

Gheibhear eadar-eisimeileachd<sup>256</sup> eadar cainneachd fhuaimreagach agus cuid de chonsain no de chòmhlain iar-fhuaimreagach<sup>257</sup>.

<sup>246</sup> these glides are front, with a degree of openness that depends on the degree of openness of the following vowel.

<sup>247</sup> as the distribution of the glides [j̥, ɹ̥, ɹ̥] is predictable

<sup>248</sup> positional allophones

<sup>249</sup> and in words in which Borgstrøm showed them, the syllabic nucleus will be interpreted here

<sup>250</sup> vocoid

<sup>251</sup> a segment that is a vowel as defined phonetically but which functions phonologically as a consonant

<sup>252</sup> preceding it in the syllabic onset

<sup>253</sup> anomalous phonotactic behaviour in syllabic onsets

<sup>254</sup> by regarding this segment as part of both syllabic onset and peak

<sup>255</sup> distribution of vocalic quantity

<sup>256</sup> interdependence

<sup>257</sup> postvocalic

Ann am lidean le prìomh-bheum 's iad fuaimreagan fada, dà-fhogharan no còmhlain svarabhkti a-mhàin (ach chan iad fuaimreagan goirid) a gheibhear mar a leanas :

- (i) Ro /R/ agus /R<sup>h</sup>/ aig deireadh facail, agus ro na còmhlain /Rt/, /Rl', /RL/, /RN/ aig deireadh facail no meadhanail<sup>258</sup> (fuaimreagan fada agus dà-fhogharan fosglaidh<sup>259</sup>) : /pɑ:R/ *bàrr* ainr., /pe:R(ɣ)/ *beurr(a)* br., cuideachd /pɪɣ:R<sup>h</sup>(ɣ)/ *beurrth(a)* br., ('ALERT, ACUTE'), /ku:R/ *gaorr* ainr. ('CONTENTS OF COW'S STOMACH'), /ɪɣ]R/ *iarr* gr. àithn. ; /ɑ:Rt/ *àrd* br., /k<sup>h</sup>ɑ:Rtɔl'/ *càirdeil* br., /pɔ:Rt/ *bòrd* ainr., /ɔ:Rtak/ *òrdag* ainr., /ku:Rtan/ *gaoirdean* ainr., bt. 'gàirdean' ; /fɑ:Rl'ɔs/ *fàirleus* ainr. ('CHIMNEY VENT'), /mɛ:Rl'ɔx/ *mèirleach* ainr., /ɔ:Rl'ɔx/ *òirleach* ainr. ; /k<sup>h</sup>ɑ:Rlɔx/ *Geàrrloch* ainr. dìl., /ɣ<sup>h</sup>vɪɣ:Rlɣ/ (fuaim. caoch.) *a' Bheurla* ainr. dìl. ; /k<sup>h</sup>ɑ:RN/ *càrn* ainr. ('A CAIRN'), /k<sup>h</sup>ɑ:RN/ *càrn* ainr. ('A CART'), /pɑ:RNɔx/ *bàirneach* ainr., /ɔ:RN/ *òirnn* riochd. roi. 1 iol., /ɔ:RNɣ/ *eòrna* ainr., /ɪɣ]RNik'ɣk/ *iarnaigeadh* br., /pɛrst<sup>h</sup>uɣ]RNɔl/ *beart-thuairneal* ainr. ('A LAZY-KATE'). Ach gheibhear fuaimreag ghoirid ro /RN/ san fhacal-iasaid /p<sup>h</sup>ɪURNɣ/ *piurna* ainr. ('COTTON-REEL'), agus 's e fuaimreag ghoirid a chluinnear gu riaghailteach ron chòmhlan /Rl'/ ann am faclan-iasaid deireannach<sup>260</sup> bhon B : /k<sup>h</sup>ɣRl'ɔx/ *coirleach* br. ('CURLY), /tɣRl'ɣk/ *doirleadh* agr. ('cur char, gluasad mun cuairt, DIRLING'). Gheibhear gach cuid fuaimreagan goirid agus fada agus dà-fhogharan ro /RS/ : /mɑrst/ *mart* ainr., /k<sup>h</sup>ɛrst/ *ceart* br., /mɑ:rst/ *Màrt* ainr. dìl., /k<sup>h</sup>ɛ:rstɔx/ *ceàrdach* ainr., k<sup>h</sup>uɣ]rst/ *cuairt* ainr. Cluinnear fuaimreag ghoirid ro na còmhlain /Rt<sup>h</sup>/, /Rt<sup>h</sup>/ sna faclan /urt<sup>h</sup>ɣr/ *urrtar*, /urt<sup>h</sup>ɣr/ *urrtear*, m.e. /hɑ<sup>h</sup> 'NURt<sup>h</sup>ɣr/ ('NURt<sup>h</sup>ɣr) ɣ vi 'k<sup>h</sup>ĩ:N't'ɔx/ *chan urrtar (urrtear) a bhith cinnteach* ('ONE CANNOT BE SURE'). Ann an àireimh bhig de dh'fhaclan gheibhear fuaimreag fhada gu h-eisgeachdail<sup>261</sup> ro /R/ eadar-fhuaimreagach ; bhite an dùil ri fuaimreig ghoirid san t-suidheachadh seo : /ɪɑ:Rɔx/ *eàrrach* ainr. ('A CHIMB, BARREL RIM'), cf. SG

<sup>258</sup> medial

<sup>259</sup> opening diphthongs

<sup>260</sup> in recent loans

<sup>261</sup> exceptionally

**err** (DIL s.v.) ; /p<sup>h</sup>a:RAS/ *pàrras* ainr., SG **pardus**, nas fhadalaiche **part(h)us**, NGT **parrdhus** (DIL s.v. ‘pardus’) ; /t<sup>h</sup>ɔ:Rʁk/ *tòrradh* agr. (‘HEAPING UP’) (bun. neo-sh.).

(ii) Ro /m/ aig deireadh facail agus ro-chonsanach<sup>262</sup> (fuaimreagan fada, dà-fhogharan dùnaidh<sup>263</sup>, còmhlain svarabhakti) : /fe:m/ *feum* ainr., /krʒ:m/ *gròm* ainr. (‘corail ann an òban sa chladach’), /ʎ:m/ *im* ainr., /ǰũ:mpix/ *iompaich* gr. àithn., /l’ũ:m/ *lium* riochd. roi. 1 sg., bt. ‘leam’, /mã:m/, cuideachd /mẽ:m/, *màm* ainr. (‘HILL PASS, SWELLING IN ARMPIT’), /t<sup>h</sup>rǰũ:mp/ *triumb* ainr., bt. ‘tromb’ (‘A JEW’S HARP’); /k<sup>h</sup>oujmpaŋx/ *companach* ainr., /k<sup>h</sup>rǰũ:mpak/ *crampag* ainr. (‘A SCOTTISH PANCAKE’), /trǰũijm/ *druim* ainr., /Lǰũjmp(ʁ)/ *lamp(a)* ainr., /Loujml/ *lom* br., /t<sup>h</sup>ũjmpʁL/ *teampall* ainr. ; /lɑɑjml/ *arm* ainr., /ʃɛɛjml/ *ainm* ainr., /p[er’ejml/ *beirm* ainr. Gheibhear fuaimreag ghoirid (cho math ri dà-fhoghar) ron chòmhlain /mp<sup>h</sup>/ : /k<sup>h</sup>ramp<sup>h</sup>sɔl/ *crampsail* br. (‘math air coiseachd no airson coiseachd’), /tʃemp<sup>h</sup>/ *damp* br., /skrʁmp<sup>h</sup>/ *sgroimp* br. (‘NIGGARDLY’). Air an làimh eile san fhacal /p<sup>h</sup>Lũ:mʁs/ *plùmas* ainr. (‘A PLUM’), ais-riochdachadh bho /p<sup>h</sup>Lũ:mʁs/ *plùmais* iol. is dòcha bho BA **plooms**, tha fuaimreag fhada againn fiù ’s ro /m/ eadar-fhuaimreagach, nì a dh’fhaodadh a bhith mar thoradh air an fhuaimreig a bhith (gu h-alafonach) fada san fhreumh-fhacal (cf. Giegerich 1992 : 56-7).

(iii) Ro /N/ aig deireadh facail, agus ron chòmhlain /Nt/ aig deireadh facail no meadhanail (/ũ:/ fhada, /ũi:/ fhada no dà-fhogharan) : /L’ũ:N/ *lionn* ainr., /Lũ:N/ *lunn* ainr. (‘LAUNCHING ROLLER’), /RǰũjN/ *rann* ainr. (‘A VERSE’), /ʃũjN/ *ann* riochd. roi. 3 sg. fir., /kl’ũjN/ *gleann* ainr., /p[oujN/ *bonn* ainr. ; /krũ:Nt/ *grund* ainr., /p<sup>h</sup>ũ:Nt/ *punnd* ainr., /ũ:Ntʁ/ *annta* riochd. roi. 3 iol., /sũ:Ntɔx/ *sunndach* br., /ũi:NtɔxkʁN/ *aontachdainn* agr., bt. ‘aontachadh’, /ũi:Ntranɔx/ *aontranach* br., bt. ‘aonaranach’, /tuĩ:Ntan/ *daondan* cgr., bt. ‘daonnan’, /p[ũjNtrɔx/ *banntnach* ainr., /trǰũjNtan/ *drannan* ainr., /ʃiajNtʁs/ *iongantais* ainr. Ach gheibhear /ɑ/ ghoirid ro /Nt/ san ainr. dhileas /sɑntak/ *Sandag* (frith-ainm air fireannach).

<sup>262</sup> preconsonantal



Gheibhear an dà chuid fuaimreagan fada agus goirid, agus dà-fhogharan ron chòmhlán /N't/ : /kʰɛN'tak/ *cainteag*, *caithneag* ainr. ('PINCH' m.e. de shalann), /RðN'tɔx/ *roithneach* ainr., bt. 'raithneach', 'raineach' ; /slã:N't(ɣ)/ *slàint(e)* ainr., /f ɛ:N't(ɣ)/ *fàint(e)* ainr., /pʰĩ:N't/ *pinnt* ainr., /kʰĩ:N'tɔx/ *cinnteach* br., /mð:N'tɔx/ *mòinteach* ainr., /L'jð:N'tɣ/ *leòinte* rgc. ; /kʰo:N'tɔx/ *còinteach* ainr., bt. 'còinneach' ; /kʰ[ãi]N't/ *cainnt* ainr., /p[ãi]N'tɣRNɣ/ *baintighearna* ainr., /pʰ[ũi]N't/ *puinnd* ainr. iol., /m[ũi]N'tɣr'/ *muinntir* ainr., /kʰL[ũi]N't'IN'/ *cluinntinn* agr., /pʰr[ɣi]N't(ɣ)/ *proinnt(e)* rgc. ('STIFF' de bhuill neach an dèidh eacarsaich), /s[ũa]N't'ɣs/ *suaithneas* ainr. ('BADGE, DISTINGUISHING MARK'), bt. 'suaicheantas'. 'S iad fuaimreagan goirid a-mhàin a chluinnear ro /N'tʰ/ : /ɛN'tʰ(ɣ)/ *aithn(e)* ainr., /kðN'tʰ(ɣ)/ *goint(e)* rgc. ('BITTERLY COLD').

Sa chumantas 's iad fuaimreagan goirid a chluinnear ro /N/ eadar-fhuaimreagach : /ãNɣ/ *Anna* ainr. dil., /p[ã]Nɔxk/ *beannachd* ainr., /kʰãNix'/ *ceannaich* gr. àithn., /L'ãNan/ *leannan* ainr., /kl'ẽNan/ *gleannan* ainr., /pðNɔx/ *bonnach* ainr., /kl'ũNɔx/ *glionnach* br. ('HAZY, DULL' den iarmailt), /LũNɣn/ *lunna* ainr. iol. ('ROLLERS' do dh'eathraichean), /mjũNɣn/ *mionnan* ainr. iol. ('OATHS'). Gu h-ainmrig gheibhear dà-fhoghar, ach saoilidh mi gu bheil seo an-còmhnaidh an dara cuid mar thoradh air suidheachadh eachdraidheil a tha eisgeachdail<sup>264</sup> no mar thoradh air analaigidh (cf. Ó Dochartaigh 1981 : 225, 229) : /pl'riɣ]Nɣ/ *bliadhna* ainr., SG cusp. tabh. **blíadn(a)i** le còmhlán **dn** (Th. § 293) ; /p[ũ]ɣ]Nɔxk/ *buannachd* ainr. agus /p[ũ]ɣ]Níç/ *buannaich* gr. àithn. 'from *buain*, reap, with irregularly doubled *n*' (MacBain s.v. 'buannachd') ; /k' [ẽu]Nɣs/ *ceannas* gr. teachd. ('WILL BUY'), cuideachd /x' [ẽu]Nɣk/ *cheannadh* gr. cumh., cf. MG **ro-cendgad** (Borgstrøm 1940 : 111 ; DIL s.v. 'cennaigid') ; /f[ou]Nɔl'/ *fonnail* br. ('IN GOOD FORM'), is dòcha tro analaigidh ri /f[ou]Nvɔr/ *fonnmhor* br. (ach cuideachd dh'fhaodadh mar oidhirp air an riochd \*\*/fɔNɔl'/ a sheachnadh, agus faireachdainn ann gu bheil e mì-loinneil).

<sup>263</sup> closing diphthongs

Mar as trice 's iad fuaimreagan goirid a chluinnear ro na còmhlan /Nk<sup>h</sup>/ agus /Ng/ (aig deireadh facail agus meadhanail), ach gu h-eisgeachdail cluinnear fuaimreag fhada no dà-fhoghar (*cf.* Cox 2000 : 216) : ro /Nk<sup>h</sup>/ : /pãNk<sup>h</sup>(ʁ)/ *banc(a)* ainr., /p<sup>h</sup>lãNk<sup>h</sup>ʁ/ *planca* ainr., /spũNk<sup>h</sup>an/ *spuncan* ainr. ('A MATCH'), /tũNk<sup>h</sup>il/ *duncail* agr. ('THUMPING'), ach le fuaimreig fhada /Rjũ:Nk<sup>h</sup>/ *riùnc* ainr. ('AN EMACIATED PERSON, A STRENGTHLESS PERSON'); ro /Ng/ : /kl'ĩNgʁtix'/ *gliongadaich* agr., /skl'ũNgriX'/ *sgliungraich* ainr. ach cuideachd /skl'ũ:NgriX'/ *sgliùngaich* ainr. ('PHLEGM'), /frãNgɔX/ *Frangach* ainr. & br., /RẽNg/ *reang* ainr. ('RIB' ann am bàta), /tr'ĩNgan/ *driongan* agr. ('POTTERING'), /k<sup>h</sup>ũNgi 'l'e.is'/ *cungaidh-leighis* ainr. ('CURE, MEDICINE'), /trũNg(ʁ)/ *drung(a)* ainr. ('A TRUNK'), /mũNgastʁL/ *Mungasdal* ainr. dil., ach cuideachd /mũ:NgastʁL/ (ainm àite-thuineachaidh 'MUNGASDALE'), /p<sup>h</sup>ũNgɔl'/ *pungail* br. ('CLEVER, ENTERPRISING'), /RũNgʁs/ *rungas* ainr. ('A BAR, RUNG'), /t<sup>h</sup>ũNgi/ *tungaidh* br. ('DAMP, FUSTY'); ach le dà-fhoghar : /L<sub>l</sub>oujNg/ *long* ainr., /L<sub>l</sub>oujNga/ *Longa* ainr. dil. (ainm eilein 'LONGA').

Air an làimh eile 's e fuaimreag fhada no dà-fhoghar a chluinnear sa chumantas ron chòmhlain /N'g'/ (aig deireadh facail agus meadhanail) (*cf.* Cox 2000 215-6) : /l<sub>l</sub>ĩjN'g'i/ *aingidh* br., /p<sub>l</sub>ĩjN'g'/ *being* ainr. ('A BENCH'), /f<sub>l</sub>ĩjN'g'/ *faing* ainr. ('A SHEEP FANK'), /ʁ<sup>h</sup>l<sub>l</sub>ĩjN'g'/ *an Fhraing* ainr. dil., /L<sub>l</sub>ĩjN'g'ʁNt<sup>h</sup>ʁ/ *laingeanta* br. ('LISTLESS'), /p<sup>h</sup>L<sub>l</sub>ĩjN'g'at'/ *plaingeid* ainr. ('A BLANKET'), /s'<sub>l</sub>ĩjN'g'/ *seang* br., /spL<sub>l</sub>ĩjN'g'at'/ *splaingeid* ainr. ('A GOB OF PHLEGM'), /str<sub>l</sub>ĩjN'g'/ *sreang* ainr., /t<sup>h</sup>ĩjN'g'/ *taing* ainr., /t<sup>h</sup>ĩjN'g'ɔl'/ *taingeil* br., /p<sup>h</sup>ũjN'g'/ *puing* ainr., /k<sup>h</sup>ũjN'g'ʁLix'/ *cuingealaich* gr. àithn. ; /l<sub>l</sub>ĩjN'g'ʁt/ *daingead* clr. (droch ghuidhe), /sp<sub>l</sub>ũjN'g'/ *spuing* ainr. Ach cluinnear fuaimreag ghoirid san fhacal-iasaid deireannach<sup>265</sup> bhon B /R'ĩN'g'ʁk/ *ringeadh* agr. ('RINGING'), agus cuideachd mar as trice ron chòmhlain /N'k<sup>h</sup>/ (a gheibhear a-mhàin ann am faclan-iasaid bhon B) : /sk'ĩN'k<sup>h</sup>/ *sginc* gr. àithn. ('SQUEEZE TOGETHER, SQUASH'), cuideachd /sk'ĩ:N'k<sup>h</sup>/ *sginc*, /skl'ĩN'k<sup>h</sup>/ *sglinc* gr. àithn. ('CHUCK, CLASH'), /s'ĩN'k<sup>h</sup>(ʁ)/ *sinc(e)* ainr. ('CORRUGATED GALVANISED IRON'). Cluinnear an dà chuid

<sup>264</sup> exceptional historical situation

fuaimreag ghoirid agus dà-fhoghar sna h-eisimpleirean a tha agam den chòmhlán /N'g/ : /s'ĩN'giL'tʰ(ɣ)/ *singilt(e)* br., /fr̥ĩiN'gɔx/ *Fraingeach* br., /nɣ tʰĩiN'gɔxɣn/ *na Teangachan* ainr. dil. iol. (ainm-àite).

Sa chumantas chan fhaighear dà-fhogharan-‘u’ ro /m/ eadar-fhuaimreagach, ach cluinnear iad gu h-eisgeachdail san dà fhacal a leanas : /t̥ĩuɣmɣn/ *daman* (CNC), ach cuideachd /t̥ĩiɣm/ *daim* (RMC), iol. de /t̥ĩuɣm/ *dam* ainr. ; an dà chuid /t̥ouɣmɣn/ agus /tomɣn/, *doman* iol. de /t̥ouɣm/ *dom* (‘A SUN-DOG, PARHELION’).

2.6.5 Sa chumantas tha an t-eadar-dhealachadh fogharach eadar fuaimreagan fada agus goirid gu math soilleir. Ach uaireannan tha e doirbh dhomh a bhith cinnteach à fad fuaimreig ro hiatas<sup>266</sup>, gu sònraichte an uair a tha an hiatas air a leantainn le fuaimreig aig a bheil càileachd den aon ghnè<sup>267</sup> (agus cuimhnichear nach bi fuaimreag, a tha gu fòineimeach fada, ach lethfhada gu fogharach co-dhiù ann am faclan dà-lideach no ioma-lideach), agus ann an cuid de dh’fhaclan aig an robh roimhe fuaimreag fhada ro hiatas tha an suidheachadh an Gl. neo-sheasmhach, leis an fhuaimreig air a giorrachadh aig cuid de luchd-bruidhne, agus air a fàgail fada aig cuid eile : [kʰr̥j̥uː.un̩] /kʰr̥j̥uː.un/ *criùbhan* agus [kʰr̥j̥uː.un̩] /kʰr̥j̥uː.un/ *criubhan* ainr. iol., bt. ‘craobhan’ ; [ɖaː.ak] /taː.ak/ (CNC) *dàthadh* agus [ɖa.ak] /ta.ak/ (RMC) *dathadh* agr. (‘A SMART, A STING’); [ɖruː.ak] /truː.ak/ (CNC) *drùdhag* agus [ɖru.ak] /tru.ak/ (RMC) *drudhag* ainr. (‘A SMALL DROP’); [ɖ̥l̥ʲeː.ɛk] /kl̥ʲeː.ɛk/ (CNC) *glèidheadh* agus [ɖ̥l̥ʲe.ɛk] /kl̥ʲe.ɛk/ (RMC) *gleidheadh* agr. (Tha mi am beachd gur e feinimean leitheaschainteach<sup>268</sup>, no co-dhiù fear a bhuineas do theaghlaichean, a tha seo, agus nach e nì a gheibhear mar thoradh air iosaglos<sup>269</sup> eadar na h-Òbainean agus Mealabhaig, no eadar dà bhaile sam bith). Air an làimh eile, sna faclan /Ruː.uk/ *rùghadh* agr. (‘LIFTING PEATS’), /tʰj̥ɔː.ɔk/ *teòdhadh* agr., tha an fhuaimreag le beum ro hiatas an-còmhnaidh fada (i.e. fada gu fòineimeach; gu fogharach ’s e

<sup>265</sup> recent loan

<sup>266</sup> to be sure of the length of a vowel before hiatus

<sup>267</sup> when the hiatus is followed by a vowel of similar quality

<sup>268</sup> idiolectal phenomenon

<sup>269</sup> isogloss

fuaimreag leth-fhada a tha ann); agus ann an /Lǎũɣn/ *lamhan*, bt. ‘lámhan’, iol. de /Lǎ:ɣ'/ *làimh* ainr., tha an /ǎ/ (gu fogharach [ǎ]) le beum ro hiatas goirid aig a h-uile neach.

Ann an cuid de dh’fhaclan le consain dùinte eadar-fhuaimreagach ro-analaichte<sup>270</sup> bhithinn uaireannan le mì-chinnt an toiseach an e fuaimreag ghoirid air a leantainn le ìre bhig de ro-analachadh a bha mi a’ cluinntinn, no an e fuaimreag fhada air a leantann le ìre mhòir de ro-analachadh, ach bidh an t-eadar-dhealachadh a’ tighinn soilleir air an tuilleadh èisteachd: eisimpleirean [ʃɛ<sup>h</sup>pəŋ] /s’ɛ:p<sup>h</sup>ɣn/ *sèipean* ainr. iol. (‘BIG FEEDS’), [ʃukə 'ʃɛhpɪŋ] /s’ukɣ 's’ep<sup>h</sup>iN’/ *siuga seipinn* ainr. + mion. (‘CHOPPIN JUG’); [stɔ:<sup>h</sup>p] /stɔ:p<sup>h</sup>/ *stòp* ainr. (ann am bàrdachd ionadail, air a thuigsinn mar ‘deoch uisge-bheatha’), [stɔhp] /stɔp<sup>h</sup>/ *stop* gr. àithn. (‘BLOCK, FILL’).

2.6.6 Tha fad fuaimreig san lide le beum an Gl. a’ co-fhreagairt sa chumantas ri fad fuaimreig ann an SG no SL, ach ann an cuid de shuidhichidhean gheibhear aon-fhoghar fada no dà-fhoghar an Gl. far an robh an t-seann fhuaimreag goirid (*cf.* Oftedal 1956 : 39-40) :

- (i) Ro **r**, **l**, **m**, **n** neo-shèimhichte (palataichte no neo-phalataichte) aig deireadh facail, no mar a’ chiad phàirt de chòmhlain meadhanail no aig deireadh facail. Airson eisimpleirean faic na h-earrainnean air na fuaimreagan air leth. Dh’fhuirich an t-seann fhuaimreag na h-aon-fhoghar goirid ron chòmhlain **rs** (a-nis /RS/ an Gl.), ach mas e a’ chiad phàirt de chòmhlain a b’ fhaide a bha ann tha an fhuaimreag air a fadachadh<sup>271</sup> : /fɑRSɣN’/ *farsainn* br., SG **fairsiung** (DIL s.v. ‘fairsing’), ach /t’ɑ:RSɣk/ *deàrrsadh* agr., am beachd MacBain s.v. *cf.* MG **derscnaigid** (‘explains, interprets’ : DIL s.v.). Tha an t-seann fhuaimreag a’ fuireach goirid cuideachd ro na còmhlain **rt** (a-nis /Rst/), **rtl** (a-nis /Rst/) agus **rtb** (a-nis /Rsp/) : /k<sup>h</sup>ɛRst/ *ceart* br., SG **cert** (DIL s.v.), /k<sup>h</sup>ɛRst(ɣ)/ *ceirt(l)e* ainr., bt. ‘ceirsle’, MG **ceirtle** (DIL s.v.), /fɑRspak/ *farspag* ainr. (*Larus marinus*, *L. fuscus*, ‘BLACK-BACKED GULL’) SL **svart-bak**.

<sup>270</sup> pre-aspirated intervocalic stops

<sup>271</sup> but if it formed the first part of a longer cluster the vowel is lengthened

(ii) Ro shuathach ro-chonsanach **b, d, g, m** (palataichte no neo-phalataichte); tha an suathach gu cunbhalach air a chall. Faic na h-earrainnean air na fuaimreagan air leth.

Ann an cuid de dh'fhaclan aig a bheil hiatas an Gl. gheibhear fuaimreagan goirid ron hiatas a tha a' co-fhreagairt ri seann fhuaimreagan fada no ri seann dà-fhogharan: /a.ɑ/ *adha* ainr., MG **áe** (DIL s.v.); /ʏ'e.ɣk/ *dheigheadh* gr. cumh. ('WOULD GO') SG **·téged** (neo-fhoirfe 3 sg. de 'téit': Th. § 769; Strachan 1949: 90), NGT neo-fhoirfe 1 sg. **do théighinn** (O'Rahilly 1931b: 117-8); /fu.ɑL/ *fughal* agr., cuideachd /f[ua].ɑL/ *fuaghal* agr. le dà-fhoghar, ('SEWING') MG **úai géil, fúai géil** (DIL s.vv.); /Rjɔ.ɔk/ *reodhadh* agr., SG **réud** (DIL s.v. 'reód').

Gheibhear eisimpleirean ann an lidean le beum de ghiorrachadh sporadach<sup>272</sup> an Gl. air seann fhuaimreagan fada: bho SG: /k<sup>h</sup>imɣr/ *ciamar* egr. & nr., cf. SG **cia** (DIL s.v.), /εs'(ɣ)/ *eis(e)* riochd. 3 sg. fir. (bt. 'esan') SG **(h)é-som** (Th. § 405), /iɣɑL/ *iodhal* ainr., NGE 'iodhal' (Dinneen s.v.) SG **ídal, ídol** (DIL s.v.), /ɔt/ *od* br. comharrach ('THAT') SG **út** (DIL s.v.), /rut/ *rud* ainr., SG **rét** (DIL s.v.), /t<sup>h</sup>ir'ɣm/ *tioram* br., SG **tirim** (le **i** ghoirid, riochd caochlach<sup>273</sup> de SG 'tirim') (DIL s.v. 'tirim'); bho SL: /is'pan/ *isbean* ainr. ('SAUSAGE OR PUDDING SKIN') a rèir MacBain s.v. 'isbean' bho SL **ispén**, /mũngastɣL/ *Mungasdal* ainr. dil., ach cuideachd /mũ:NgastɣL/ (ainm àite-thuineachaidh 'MUNGASDALE'), a rèir W.J. Watson 1904: 245 bho SL 'Múnks-dal'. San fhacal /er'i/ *eirigh* agr. (le /e/ ghoirid) a gheibhear mar fhuaimneachadh caoch. cumanta<sup>274</sup>, còmhla ri /er'i/ *èirigh* bho MG **éirge** (DIL s.v.), dh'fhaodadh gu bheil eisimpleir againn de ghiorrachadh tròicèach<sup>275</sup>: airson mìneachaidh, bho Theòiridh na Feabhasachd<sup>276</sup>, air a ghiorrachadh seo mar a chluinnear e air an fhacal cheudna ann an Gàidhlig Uladh faic Green 1997: 73-9. Faic cuideachd aig Ó Dochartaigh 1987: 175-7 airson beachdachaidh air an fhèineaman ann an cuid de dhualchainntean Uladh.

---

<sup>272</sup> sporadic

<sup>273</sup> variant

<sup>274</sup> frequent variant pronunciation

<sup>275</sup> trochaic shortening

<sup>276</sup> Optimality Theory

## 2.7 Srònachd

2.7.1 Tha an suidheachadh a thaobh srònachd ann an Gl. *mutatis mutandis* mar a tha Ternes a' cur an cèill airson na Comraich (Ternes 1973 : 123-42 ; airson gearr-chunntais air an eadar-mhìneachadh aig Ternes faic Oftedal 1975 : 137-8), agus san tràchdas seo thathar a' gabhail ris gu bheil an t-eadar-mhìneachadh a thug Ternes tàbhachdach<sup>277</sup> airson Gl. ; gu sònraichte, am moladh aige nach bi srònachd air a tuigsinn mar fheart in-ghnèitheach<sup>278</sup> a bhuineas do chuid de dh'fhuaimreagan no de chonsain, ach mar cho-fhillteant fada srònach<sup>279</sup> a shìneas thairis air barrachd is aon teasgan fuaimreagach<sup>280</sup> (cf. Oftedal 1975 : 137 ; faic cuideachd Shuken 1980 : 329-30). Bheirear an aire cuideachd nach e fòineimean aonadach<sup>281</sup> a tha anns na fuaimreagan srònaichte agus anns na consain shrònaichte, ach fòineim le feart os-teasganach an t-srònachaidh<sup>282</sup> air a chur ris (cf. Ternes 1973 : 147). San tràchdas seo leanar san tar-sgrìobhadh fhòineimeach ris a' chleachdadh thar-sgrìobhaidh aig Ternes cuideachd, 's e sin nach bi ach meadhan an t-srònachaidh<sup>283</sup> air a chomharrachadh (Ternes 1973 : 139-41). A thaobh an tar-sgrìobhaidh fhogharach, san earrainn seo a-mhàin nìthear oidhirp air an t-srònachd a shealltainn air a h-uile teasgan<sup>284</sup> air a bheil i (ach mar a tha Ternes 1973 : 134-5 ag ràdh, tha an t-srònachd a' fàs nas laige gu fogharach mar as fhaide tha an teasgan bho mheadhan an t-srònachaidh, agus tha e doirbh uaireannan a h-aithneachadh ann an lidean gun beum) ; anns a' chòrr den tràchdas cha sheallar an t-srònachd ach air na fuaimreagan san lide le beum.

2.7.2 Thug Ternes an aire air a' Chomraich nach fhaighear na fòineimean fuaimreagach /e, o, ʁ/ uair sam bith mar mheadhan srònachaidh ; nach bi iad srònaichte uair sam bith co dhiù a tha iad le beum no gun beum ; agus nach sìn srònachd seachad air gin de na fòineimean so. Tha seo fìor cuideachd an Gl. a thaobh aon-fhogharan goirid agus fada ; ach tha am fòineim /ʁ/,

---

<sup>277</sup> valid

<sup>278</sup> inherent feature

<sup>279</sup> long nasal component

<sup>280</sup> vowel segment

<sup>281</sup> unit phonemes

<sup>282</sup> suprasegmental feature of nasalisation

<sup>283</sup> centre of nasalisation

<sup>284</sup> segment

mar earrainn de dhà-fhoghar, srònach aig RMC san fhacal /N<sub>1</sub>ʃi<sub>1</sub>ɣ'an/ *naoidhean* ainr. ('s e /N<sub>1</sub>ũi<sub>1</sub>ɣ'an/ a chluinnear aig CNC).

2.7.3 A dh'aindeoin 's gu bheilear a' gabhail an seo ris an eadar-mhineachadh aig Ternes air srònachd, gheibhear an Gl. diofar ìrean de threasad<sup>285</sup> ann an srònachd nam fuaimreagan san lide le beum ann am facal (i.e. na fuaimreagan as iad 'meadhan an t-srònachaidh') (agus chithear gun tug Oftedal 1956 : 41 an aire don seo airson dualchainnt Liùrboist) :

(i) An toiseach, agus mar a gheibhear is dòcha anns a h-uile cànan, tha fuaimreag sam bith a tha ann an co-thadhal neo-mheadhanach ri consan srònach agus ìre bheag de shrònachd aice (*cf.* Ternes 1973 : 126 bonn-nota 1). Gu soilleir 's e feinimean alafonach a tha ann, agus cha tèid an ìre seo de shrònachd a shealltainn sna tar-sgrìobhaidhean fòineimeach ; cuideachd cha sheallar i fiù 's sna tar-sgrìobhaidhean fogharach an seo, m.e. [muř<sup>j</sup>] /mur'/ *muir* ainr., [marav] /m<sub>1</sub>arav/ *marbh* br. & ainr.

A thaobh fhuaimreagan ann an lidean le beum a tha srònach fo bhuaidh an fheart os-teasganaich de shrònachd<sup>286</sup> : (ii) tha an t-srònachd nas treasa (air neo tha i a' faireachdainn nas treasa) air fuaimreagan fada agus air dà-fhogharan na tha i air fuaimreagan goirid no air na fuaimreagan ann an còmhlan svarabhakti. Mar sin, tha an t-srònachd air na fuaimreagan san lide le beum ann am [b̥ẽ:n] /p̥ẽ:n/ *bàn* br., agus ann am [b̥ẽũr̥<sup>Y</sup>ĩ] /p̥ẽu<sub>1</sub>ri/ *bànrigh* ainr., a' faireachdainn nas treasa na tha i ann am [b̥ẽn] /p̥ẽn/ *bean* ainr. no ann am <sup>l</sup>[b̥ẽnẽ]ʃãs't'ʏr/ <sup>l</sup>[p̥ẽnɛ<sub>1</sub>vas't'ʏr/ *ban-mhaighstir* ainr. Mar a chithear, cha tèid na diofar ìrean de shrònachd a shealltainn sna tar-sgrìobhaidhean fogharach no fòineimeach.

(iii) A-rithist, tha an t-srònachd nas treasa (air neo tha i a' faireachdainn nas treasa) air fuaimreagan no air dà-fhogharan nach eil ann an co-thadhal neo-mheadhanach<sup>287</sup> ri consan srònach (fuaimreagan a tha srònach gu neo-eisimeileach, 'independently nasal', sa bhriathrachas aig Borgstrøm agus aig Oftedal) na tha i air fuaimreagan a tha ann an co-thadhal neo-

---

<sup>285</sup> different degrees of strength

mheadhanach ri consan srònach. Mar sin, tha an t-srònachd air an fhuaimreig san lide le beum san riochd sheimhichte [ʋ̃ʃskixʹ] /vʃskixʹ/ *mhiosgaich* gr. preit. (bt. ‘mheasgaich’) a’ faireachdainn nas treasa na tha i san riochd neo-shèimhichte [mʃskixʹ] /mʃskixʹ/ *miosgaich* gr. àithn. ; agus tha an t-srònachd ann am [f ɛhkʲʲ] /f ɛkʲʲL/ *facal* ainr. nas treasa na an tè a gheibhear ann am [f ɛ̃hĩç] /f ɛnʰixʹ/ *faithnich* gr. àithn., bt. ‘aithnich’. Thug Oftedal (1956 : 41), Dorian (1978 : 57) agus Ternes (1973 : 136) iomradh air an fheinimean<sup>288</sup> seo ; tha Oftedal am beachd gu faodadh gur e as adhbhar dha :

‘a bias in the writer, who, being accustomed to languages where vocalic nasality is not phonemic (e.g. English and Norwegian), observes vocalic nasality more easily in non-nasal surroundings’ ;

tha Ternes ag ràdh, agus e a’ cleachdadh mar eisimpleir riochd neo-shèimhichte /mɔ̃nək/ [mɔ̃nək] vs. riochd sèimhichte /vɔ̃nək/ [vɔ̃nək] gu bheil an t-srònachd gu firinneach co-ionann san dà shuidheachadh (Ternes 1973 : 137 : ‘The nasality of the segment [ɔ̃] is of equal strength in both forms’) ach, far nach eil an fhuaimreag ann an co-thadhal ri consan srònach :

‘to an observer who is unaware of the nasalised stretch, the [ɔ̃] in the lenited form may well give the impression of being nasalized more strongly, because the nasality in [ɔ̃] is supported by the (to that observer) unexpected nasality in [ṽ]’ (Ternes 1973 : 137) ;

’s e sin, san fharsaingeachd, gu bheil an t-srònachd aig fuaimreig nach eil ann an co-thadhal ri consan srònach a’ faighinn taic bhon t-srònachd, ris nach eil am beachdair<sup>289</sup> an dùil, a tha aig na teasgain shrònaichte a tha ann an co-thadhal ris<sup>290</sup>. (Ach a dh’aindeoin a’ mhineachaidh seo aig Ternes, an uair a nithear coimeas an Gl. eadar m.e. an dà fhacal [kʰ ʃũhkʲ] /kʰrũkʰ/ *cnuic* ainr. iol. agus [d̥ũ, nə] /tũNʹʲ/ *duine* ainr. tha e duilich gabhail ris gur ann a tha neart na srònachd co-ionann san dà fhacal, oir gu cinnteach ’s e an tuairam fhuaim-eòlach<sup>291</sup> a tha agam gu bheil srònachd na fuaimreig ann an /kʰrũkʰ/ gu math nas treasa na tha i ann an /tũNʹʲ/).

<sup>286</sup> by virtue of the suprasegmental feature of nasalisation

<sup>287</sup> immediate contact

<sup>288</sup> phenomenon

<sup>289</sup> observer

<sup>290</sup> i.e. in general the nasality of a vowel that is not in contact with a nasal consonant is supported by the unexpected nasality, to the observer, of the nasalised segments that are in contact with it.

<sup>291</sup> acoustic impression



(iv) A thaobh fhuaimreagan srònach a tha ann an co-thadhal ri consan srònach (srònachd eisimeileach, ‘dependent nasality’, sa bhriathrachas aig Borgstrøm is Oftedal), tha an t-srònachd nas treasa mas e /N/ a tha anns a’ chonsan shrònach ris a bheil na fuaimreagan ann an co-thadhal, agus gun a bhith cho làidir mas e /m/ no /n/ a tha anns a’ chonsan. Agus ann an cuid de dh’fhaclan far a bheil fuaimreag ann an co-thadhal ri /n/ tha mi teagmhach a thaobh co-dhiù a tha i srònach gus nach eil, m.e. [kɛŋʊ] /L’ɛnu/? no [k̃ɛŋʊ̃] /L’ẽnu/? *leanabh* ainr.

Bheirear an aire gu bheil /N/ aig deireadh faicil a’ leantainn lide gun bheum (’s e sin ann am faclan dà-lideach no ioma-lideach) ag adhbharachadh gum bi tomhas de shrònachd air an fhuaimreig gun bheum a tha ann an co-thadhal ris, mas e fhuaimreag a tha innte a ghabhas a bhith air a srònachadh<sup>292</sup>. (Ach feumar aideachadh gu bheil seo doirbh a chur ann an co-rèir ri srònachadh a bhith a’ sìneadh a-mach na cho-fhillteant fada bho mheadhan an t-srònachaidh suidhichte anns an niuclas fhuaimreagach anns an lide le beum ann am facl.)

2.7.4 Tha faclan ann a tha neo-sheasmhach<sup>293</sup> a thaobh a’ cho-fhillteant shrònaich, m.e. cluinnear riochd le srònachd aig cuid de luchd-bruidhne, agus riochd gun srònachd aig cuid eile, m.e. : [ũʃ˥˥kʲə] /ũs˥˥k˥˥/ agus [ʊʃkʲə] /ʊs˥˥k˥˥/ *uisge* ainr. Ann am faclan eile gheibhear riochdan le srònachd agus riochdan gun srònachd dh’fhaodadh e a bhith ann an saor-chaochlaideachd<sup>294</sup> : [m̥iɑːr] /m̥iɑːr/ agus [m̃ĩãːr̃] /m̃ĩãːr̃/ *meur* ainr.

Tha buaidh aig srònachd uaireannan air timbre fhuaimreagan, agus airson fiosrachaidh mun seo agus gu sònraichte mun chinneachadh dhualchainnteach<sup>295</sup> [ã] > [ã̃] no [ẽ], faic na h-earrainnean air alafonan a’ chaochladh fhuaimreagan.

<sup>292</sup> if it is a vowel that is susceptible of nasalisation

<sup>293</sup> unsettled

<sup>294</sup> free variation

<sup>295</sup> dialectal development

2.7.5 Bidh e coltach, a thaobh na mòr-chodach de dh'fhaclan, gu bheil an co-fhillteant fada srònach a' bunachadh<sup>296</sup> gu h-eachdraidheil anns a' bhuaidh a tha aig consan srònach. Faodaidh na suidhichidhean a thaobh a' chonsain shrònaich a bhith mar a leanas :

(i) an consan srònach air a ghleidheadh gun atharrachadh, no air a sheimheachadh ach a bhith fhathast a' fuireach na chonsan srònach<sup>297</sup> : [m<sup>h</sup>ɛ̃] /m<sup>h</sup>ɛ̃/ *math* br., [ɛ̃mʲ] /<sup>h</sup>ɛ̃mʲs'k' / *amaisg* gr. àithn., [n̥ɔ̃d̥ɔr] /N̥ɔ̃:tɔr/ *nàdar* ainr., [ã̃n̥ʲə] /ã̃Nʲ/ *Anna* ainr. dil., [ʃ̃n̥ɛ̃kə] /s'N'ɛ̃xkʲ/ *sneachda* ainr., [ɛ̃n̥ʲʲə] /<sup>h</sup>ɛ̃N'ɔLʲs/ *aineolas* ainr., [(mə) 'n̥ɛ̃ʲə] / (mʲ) 'n̥ɛ̃:r'ʲ / *(mo) nàire* ainr., [b̥ɛ̃:n] /p̥ɛ̃:n/ *bàn* br. ('WHITE').

(ii) **m** tùsail<sup>298</sup> air a shèimheachadh, agus mar sin gun a bhith a' fuireach na chonsan srònach (ged a tha an suathach a gheibhear bhuaithe fhathast srònaichte gu fogharach<sup>299</sup>) : [(g̊l̥e) 'v̥ɛ̃ʰ] / (kl' e) 'v̥ɛ̃/ *glè mhath* cgr. + br., [d̥<sup>h</sup>æ̃v̥] /t̥ɛ̃v/ *damh* ainr.

(iii) **m** tùsail air atharrachadh na shuathach palatach, (agus fhathast srònaichte gu fogharach) : [d̥<sup>h</sup>æ̃ʃ] /t̥ɛ̃ʃ' / *daimh* ainr. iol., [l̥<sup>h</sup>æ̃ʃ] /L̥ɔ̃:ʃ' / *làimh* ainr.

(iv) an consan srònach air a chall (uaireannan an dèidh dha a bhith air a shèimheachadh) gu h-eadar-fhuaimreagach no gu ro-chonsanach : [g̊ɛ̃.ũʲn̥] /k̊ɛ̃.uN' / *gamhainn* ainr. ('A STIRK'), [ũ̃.ũʰ] /ũ̃.u/ *umha* ainr. ('BRASS'), [k̊<sup>h</sup>æ̃.ũʲ] /k̊<sup>h</sup>ɛ̃.uL/ *ceangal* agr., [ĩũ̃ʲʃʃk̊ɪn̥] /ĩũ̃:sɔxkʲN' / *ionnsachdainn* agr.

(v) **n** tùsail air atharrachadh na /r/ no /r'/ sna còmhlain /kr/, /kr'/, /k<sup>h</sup>r/, /k<sup>h</sup>r'/ aig toiseach facail bho sheann **gn**, **cn** : [g̊r̥ʃ.ĩç] /kr̥ʃ.iç/ *gnothaich* ainr., cf. NGE 'gnó' (Dinneen), MG **gnóugud** 'business, affair, errand' (DIL s.v.), [g̊r̥ʃ'ĩæ̃v̥] /kr̥ʃ'ĩa<sub>1</sub>v/ *gnìomh* ainr., SG **gním** (DIL s.v.), [k<sup>h</sup> r̥ʃ:ʰ] /k<sup>h</sup>r̥ʃ:/ *cnò* ainr., SG gin. sg. **cnó**, (DIL s.v. 'cnú'), [k<sup>h</sup> r̥ʃ'ĩst̥ə] /k<sup>h</sup>r̥'ĩst(ʲ)/ *cniost(a)* br., bt. 'cneasta' MG **cnesta** (DIL s.v.).

2.7.6 Ann an cuid de dh'fhaclan tha e doirbh an t-srònachd a mhìneachadh gu h-eachdraidheil : /k<sup>h</sup>ĩa<sub>1</sub>vakʲn/ *ciabhagan* ainr. iol. ('SIDEBOARDS' de dh'fhalt air fireannaich,

<sup>296</sup> derives

<sup>297</sup> preserved unchanged, or lenited but still remaining a nasal consonant

<sup>298</sup> original

<sup>299</sup> lenited and so no longer remaining a nasal consonant (though the resulting fricative is still phonetically nasalised)

‘WHISKERS’ mu bheul beathaich) *cf.* SG **ciab** (DIL s.v.); /f ɛk<sup>h</sup>ɣL/ *facal* ainr., SG **focal**, **fofull** (DIL s.v.); /f ɛk<sup>h</sup>/ *faic* gr. teachd. eis., /f ɛk<sup>h</sup>/ *faic* gr. àithn., SG pròtatonach **•aicci**, **•acca** (Th. § 166); /f ʃɑ<sub>1</sub>ɣɳn/ *fiachan* ainr. iol. (‘DEBTS’) SG sg. **fíach** (DIL s.v. ‘1 fiach’); /f ʃɑ<sub>1</sub>skLɣk/ *fuasgladh* agr., MG **fúaslucad** (DIL s.v.); /krű:k/ *gnùig* ainr., bt. ‘grùig’ (‘A FROWN’) NGT **grúg**, **grúig** ‘displeasure ... ; distress’ (DIL s.v. ‘grúc’), am beachd Robastain (Robertson 1899-1901 : 332) an t-srònachd dh’fhaodadh tro analaigidh ri /krű:s/ *gnùis* ainr. ; /strěhɣɣrt/ (cuideachd /sNěhɣɣrt/) *sreothart* ainr., *cf.* NGT ‘sreodhfartach’ (DIL s.v. ‘sreódfadach’); /t<sup>h</sup>rě:L<sup>h</sup>ɑ/ *treamhla* ainr., cuideachd /t<sup>h</sup>rjđ:L<sup>h</sup>ɑ/ *treòmhla*, fuaimneachaidhean caoch., bt. ‘treamhlaidh’ (‘A BAD COLD, A “BUG”’) *cf.* MG **treblait** ‘tribulation, illness’ (DIL s.v.); /t<sup>h</sup>rě:v/ *treubh* ainr. (‘FAMILY, KIN’); /ʃɑ<sub>1</sub>vɑsɔx/ *uamhasach* br., bt. ‘uabhasach’ MG **úathbásach** (DIL s.v.), le /ʃɑ<sub>1</sub>/ shrònach dh’fhaodadh tro analaigidh ri /ʃɑ<sub>1</sub>ɣ/ *uaimh* ainr. (bt. ‘uamh’); /ũxk/ *uchd* ainr. (‘A LAP; A HILLSIDE’) SG **ucht** (DIL s.v.); /ũs´k´(ɣ)/ (fuaimneachadh a chluinnear aig cuid de dhaoine, ged as e an riochd neo-shrònach /us´k´(ɣ)/ as cumanta) *uisg(e)* ainr., SG **u(i)sce** (DIL s.v. ‘uisce’). A thaobh /ʃɑ<sub>1</sub>Lɑn/ *uallan* agr. (‘HOWLING’) *cf.* MG ‘úallaid’ ‘howls, laments’ (DIL s.v.) agus NGT ‘uallánach’ ‘wailing’ (DIL s.v.), *cf.* cuideachd MG ‘núallán’ ‘a loud cry’ (DIL s.v.) agus NGA bt. ‘nuallan’.

Chithear shuas gu bheil na gnìomhairean /f ɛk<sup>h</sup>/ *faic* teachd. eis., /f ɛk<sup>h</sup>/ *faic* àithn., SG pròtatonach **•aicci**, **•acca** (Th. § 166), agus iad srònach gu neo-eachdraidheail. Ach chan fhaighear seo leis a’ ghnìomhair /fɣɣ/ *faigh* gr. àithn. (*cf.* MG taisb. làth. 3 sg. **-fogaib**, **-fagaib** : DIL s.v. ‘fo-gaib’), oir chan urrainn don fhuaimreig /ɣ/ a bhith srònach an Gl. (tha seo mì-choltach ris na h-Eileanan an Iar, far am faighear an fhuaimreag shrònach /ǃ/ no /ǣ/ sa ghnìomhair seo, faic Borgstrøm 1940 : 68, 119).

2.7.7 Gheibhear uaireannan fuaimreagan beòil<sup>300</sup> far am bite an dùil ri fuaimreagan srònach : /pɑN´ɣ/ *bainne* ainr., SG **bainne** ‘milk’ (DIL s.v. ‘bannae’); /pł´iɣNɣ/ *bliadhna* ainr. (ach SG ain. **blíadain** : DIL s.v.); /k<sup>h</sup>ɑmɣs/ *camas* ainr., *cf.* SG **camm** (DIL s.v.);

/k<sup>h</sup>avɔnɪx<sup>ʰ</sup>/ *camhanaich* ainr. ('DAWN') cf. SG **camáir, -áir** (DIL s.v.); /k<sup>h</sup>a:nɔn/ *cànan* ainr., SG **canamain** (DIL s.v.); /k<sup>h</sup>an/ (t. deas; ach /k<sup>h</sup>ɛn/ *Mealabhaig*) *can* gr. àithn., SG **canaid** (DIL s.v.); /k<sup>h</sup>ɔhɪnɔL/ *coitheanal* ainr., SG **comthinól** (DIL s.v.); /fa/ *fath* ainr., (*Talpa europaea* 'MOLE') (faic cuideachd Henderson 1903-4 : 494); /LwN'ak/ *luinneag* ainr. ('A DITTY') cf. MG **luinniuc** (DIL s.v.) (ach chuala Robastan fuaimreag shrònach san fhacal seo : Robertson 1899-1901 : 330); /vɔnɔk/ san abairt /k<sup>h</sup>ur' er' 'vɔnɔk/ *cuir air mhanadh* gr. àithn. + cgr. ('PROPHESY') cf. MG **mana** 'an omen, portent' (DIL s.v.); /mas'ɔ/ *maise* ainr., SG **maisse** (DIL s.v. 'maise'); /masLɔx/ *maslach* br. agus /masLɔk/ *masladh* ainr., cf. SG **maslach** 'abusive, insolent' (DIL s.v.), SG **masla(d)** (DIL s.v. 'masla'); /r'ɪ'ɔjv/ *riamh* cgr., SG **ríam** (DIL s.v.) (agus faic § 4.18.4.3); /sahu/ *sabha* ainr., cuideachd /sahur/ *sabhar* ainr., ('A BAD SMELL') cf. Dw. 'samh' (ach mas ann am BA 'saur', 'savour' a tha seo a' bunachadh cha bhite an dùil ri srònachd; faic cuideachd Henderson 1903-4 : 494); /smaxk/ *smachd* ainr., SG **smacht** (DIL s.v.); dh'fhaodadh /t<sup>h</sup>rj̥u.u/ *triubha* no *triumha* br. (bt. 'treas') mas ann a' bunachadh ann an riochd MG \***trimtha** vel *sim* a tha e, cf. NGT 'trimedh' : DIL s.v. 'trímad' (ach faic § 7.7.3.4).

2.7.8 Tha e coltach gu bheil critheach<sup>301</sup> ann an còda an lide le beum, mas ann goirid a tha an fhuaimreag san lide, a' cur bacadh air cinneachadh a' cho-fhillteint shrònaich<sup>302</sup>; tha seo a' tachairt cuideachd ma bhitheas critheach ann an còmhlán svarabhakti (cf. cuideachd Oftedal 1956 : 42; Borgstrøm 1941 : 70) : /ɪarɑj̥m/ *arm* ainr., SG **arm** (DIL s.v.); /fɪarɑj̥mɔt/ *farmad* ainr., SG **format** (DIL s.v.); /ɪr'ɪj̥mɔk/ (le eadar-chàradh agus /r'/) *irmeadh* agr., bt. 'iomradh', ('ROWING' de bhàta) SG **imram** (Th. § 733); /ɪr'ɪj̥mɔL/ (le eadar-chàradh agus /r'/) *irmeall* ainr., bt. 'iomrall', SG **imroll** (DIL s.v.); /mar'/ *mair* gr. àithn., SG **maraid, mairid** (DIL s.v. 'maraid'); /mɪarɑj̥k/ *mairg* ainr. ('PITY') SG **mairg, mairc** (DIL s.v. 'mairg'); /marak/ *marag* ainr., cf. MG **mar** agus faic C. Ó Baoill 1978 : 165 §14.13;

<sup>300</sup> oral

<sup>301</sup> vibrant

<sup>302</sup> a vibrant in the coda of the stressed syllable, if the vowel in the syllable is short, counteracts the development of the nasal component

/m<sub>1</sub>ar<sub>1</sub>pə<sub>1</sub>/ *marbail* ainr. (bàlla beag cloiche no glainne) B **marble** ; /m<sub>1</sub>ar<sub>1</sub>v/ *marbh* br., SG **marb** (DIL s.v.) ; /m<sub>1</sub>er/ *mear* br., SG **mer** (DIL s.v. ‘1 mer’) ; /m<sub>1</sub>er<sub>1</sub>xk/ *mearachd* ainr., cf MG **merugud** (DIL s.v.) ; /m<sub>1</sub>er<sub>1</sub>v/ *morbh* ainr., bt. ‘morghath’ (‘A FISHING SPEAR’) cf. dh’fhaodadh MG ‘murga’ (DIL s.v.) ; /m<sub>1</sub>er<sub>1</sub>v<sub>1</sub>an/ *morghan* ainr. (‘SHINGLE, GRAVEL’) ; /mur<sup>h</sup>/ *muir* ainr., SG **muir**, agus gin. /mar<sub>1</sub>/ *mara* SG gin. sg. **moro**, **mora** (DIL s.v. ‘muir’), (bheirear an aire cuideachd nach eil an riochd sèimhichte den gin. srònach : /m<sub>1</sub>ũk<sup>h</sup> <sup>1</sup>var<sub>1</sub>/ *mucmhara* ainr., seo *pace* Bogstrøm 1941 : 68, agus faic Ternes 1973 : 125 bonn-nota 1) ; /t<sup>h</sup>ir<sup>h</sup>i<sub>1</sub>m<sub>1</sub>xk<sub>1</sub>n<sup>h</sup>/ *tiormachdainn* agr. (bt. ‘tiormachadh’) MG **tirmugud** (le **i** ghoirid) (DIL s.v. ‘tirmugud’). Ach sa chumantas gheibhear srònachd ann am faclan a dh’aindeoin **r** a bhith ann an còda an lide le beum mas ann fada a tha an fhuaimreag san lide : /r<sup>h</sup> <sup>1</sup>m<sub>1</sub>ẽ:r<sub>1</sub>x/ *a-màrach* cgr., MG **imbàrach**, **immàrach** (DIL s.v. ‘bàrach’) ; /m<sub>1</sub>ẽ:r<sup>h</sup>i/ *Màiri* ainr. dìl. ; /m<sub>1</sub>ẽ:r<sup>h</sup>ix<sup>h</sup>/ *màthraichean* iol. de /m<sub>1</sub>ẽ:h<sub>1</sub>r<sup>h</sup>/ *màthair* ainr., SG iol. cusp. **má(i)thr(e)a** (Th. § 335) ; /m<sub>1</sub>ẽ:r<sub>1</sub>xk<sub>1</sub>n<sup>h</sup>/ *meadhreachdainn* agr., bt. ‘meòmhrachadh’ (‘PONDERING’) SG **mebrugud** agr. (DIL s.v.) ; /m<sub>1</sub>ĩ:r<sup>h</sup>/ *mìr* ainr., SG **mír** (DIL s.v.). Tha àireamh de dh’fhaclan ann den t-seòrsa seo sam faighear srònachd ann am M. ach chan ann air an t. deas : /mark<sup>h</sup>/ (t. deas), /m<sub>1</sub>ẽrk<sup>h</sup>/ (M.) *marc* ainr., B **mark** ; /mark<sup>h</sup>at<sup>h</sup>/ (t. deas) /m<sub>1</sub>ẽrk<sup>h</sup>at<sup>h</sup>/ (M.) *marcaid* ainr., B **market** ; /mark<sup>h</sup>rix<sup>h</sup>/ (t. deas), /m<sub>1</sub>ẽrk<sup>h</sup>rix<sup>h</sup>/ (M.) *marcraich* gr. àithn., bt. ‘marcaich’ cf. MG **marcaigecht** agr. (DIL s.v.) (airson an tuilleadh fiosarachaidh faic § 4.2.2.5). San fhacal /mir<sup>h</sup>/ *mire* ainr., SG **mire** (DIL s.v.) chan eil e soilleir dhomh co-dhiù a tha an fhuaimreag san lide le beum srònach gu fòineimeach gus nach eil ; tha tomhas de shrònachd gu fogharach aice gun teagamh, ach tha an ìre cho beag agus gum faodadh nach eil ann ach srònachd alafonach mar thoradh air buaidh a’ chonsain shrònaich /m<sup>303</sup>/ air an fhuaimreig a tha an co-thadhal ris. A thaobh an fhacail /m<sub>1</sub>ũs<sup>h</sup>k<sup>h</sup>/ *muisgean* ainr. sg. (*Ensis siliqua* ‘RAZOR-FISH’), mas ann bho SG **muir** + **scían** a tha e, bidh e coltach gun do cheadaicheadh cinneachadh a’ cho-fhillteint shrònaich mar thoradh air call a’ chrithich sa chòmhlán<sup>304</sup>.

<sup>303</sup> the automatic and non-phonemic effect of the nasal consonant /m/

<sup>304</sup> development of the nasal component was permitted as a result of loss of the vibrant in the compound

2.7.9 Tha eisimpleirean ann cuideachd, mar as trice bho thaobh a deas Loch Gheàrrloch, far an dòcha gu bheil consan dùinte deudach<sup>305</sup> ann an ionnsaigh no ann an còda an lide le beum air obrachadh an aghaidh cinneachadh a' cho-fhillteint shrònaich, ged a gheibhear srònachd air na faclan seo sa chumantas ann am Mealabhaig air taobh a tuath an loch : /tamsakrix'/ (t. deas) *damsagraich* agr., /t̥ɛmakrix'/ (M.) *damagraich* agr. ('SHUFFLING THE FEET') ; /tɔnɣ/ *dona* br., MG **dona** (DIL s.v.) ; /t̥amp<sup>h</sup>/ (t. deas), /t̥ɛmp<sup>h</sup>/ (M.), *damp* br., B **damp** ; /<sub>1</sub>matɣ 'R<sub>1</sub>uɣ<sub>1</sub>ɣ/ *mada-ruadh* ainr., /<sub>1</sub>matɣk 'aLi/ *madadh-allaidh* ainr., /<sub>1</sub>t<sup>h</sup>ou<sub>1</sub>L ɣ 'vatɣk/ (le /-ɣk/!) *Toll a' Mhadadh* (ainm-àite), ach M. /<sub>1</sub>m̥ɛtɣ 'R<sub>1</sub>uɣ<sub>1</sub>ɣ/, /<sub>1</sub>m̥ɛtɣk 'aLi/ SG **matad** (DIL s.v.) ; /stamak/ (t. deas), /st̥ɛmak/ (M.), *stamag* ainr., BA **stamack**, **stammach** ; /stamp<sup>h</sup>(ɣ)/ (t. deas), /st̥ɛmp<sup>h</sup>(ɣ)/ (M.), *stamp(a)* ainr., B **stamp** ; /t<sup>h</sup>anɣ/ (t. deas), /t<sup>h</sup>ɛnɣ/ (M.) *tana* br., SG **tana** (DIL s.v.) ; /t<sup>h</sup>ani/ *tanaidh* ainr. ('SUET AROUND INTESTINES OF SHEEP'). Gheibhear /metɣr/ *meadar* ainr. ('WOODEN VESSEL FOR MILK') MG **metar** (DIL s.v.) air taobh a deas Loch Gheàrrloch, ach ann am Mealabhaig cluinnear /m̥itɣr/ *miodar* ainr., bt. 'meadar', le seann e > /ĩ/ mar thoradh air an t-srònachd (seach nach eil e comasach gum bi /e/ srònach an Gl.).

Ann an àireimh bhig de dh'fhaclan far am bite an dùil ri srònachd, cha chluinnear seo uair sam bith : /tamas't'/ *damaist* ainr., B **damage** ; /t<sup>h</sup>alɔɔ<sub>1</sub>.uN'/ *talmhainn* ainr. gin., cf. SG cusp., tabh. **talmain** (DIL s.v. 'talam') ; ro /v/ bho sheann **m** sna leanas : /tavan/ ann an /tavan 'aLi/ *damhan-allaidh* ainr. 'SPIDER' (ach air dà thaobh Loch Gheàrrloch /t̥ɛv/ *damh* ainr. 'A STAG' SG **dam** : DIL s.v.) ; /skavan/ *sgamhan* ainr. ('LIGHTS') MG **scamán** 'lung' (DIL s.v.). Chuala mi an dà chuid [stav] /stav/, iol. [staɣun] /staɣun/ (le fuaimreig bheulaich<sup>306</sup>), agus [st̥ɛv] /st̥ɛv/, iol. [st̥ɛũun] /st̥ɛũun/ (le fuaimreig shrònaich), *stamh* ainr., iol. *stamhan* (*Laminaria digitata*, *L. hyperborea*, 'TANGLE') (a rèir MacBain bho SL **stafr** 'staff') ; ach gu h-eisgeachdail san fhacal seo 's e an riochd neo-shrònach a gheibhear aig RMC agus an riochd srònach aig CNC.

<sup>305</sup> dental stop

<sup>306</sup> oral vowel

2.7.10 Chan eil an luchd fuincseanail<sup>307</sup> a tha aig a' chomhaireachd<sup>308</sup> neo-shrònach ~ srònach an Gl. ach beag; cha d'fhuaras ach eisimpleir no dhà de phaidhreannan mionamail<sup>309</sup> agus tha fiù 's paidhreannan faisg-mhionamail<sup>310</sup> duilich an lorg, am pàirt mar thoradh air a' chinneachadh dhualchainnteach [ã] > [æ] no [ɛ], agus mar thoradh air na dà-fhogharan [ɪuɣ] agus [ɪiɣ] a bhith sa chumantas neo-shrònach (faic §§ 4.18.2, 4.20). Eisimpleirean de phaidhreannan mionamail no faisg-mhionamail: /ɣ 'vɔ:t'/ (fuaim. caoch.) a' bhòid ainr. ~ /ɣ 'vɔ:t'/ a' mhòid ainr. gin.; /kʰr'is/ crios ainr. ('A STRAP') ~ /kʰr'ist(ɣ)/ cniost(a) br., bt. 'cneasta'; /kʰrɔ:/ crò ainr. ~ /kʰrɔ:/ cnò ainr.; /kʰrɔtʰɣL/ crotal ainr. ('LICHEN USED FOR DYEING') ~ /kʰrɔtʰ/ cnot ainr. ('POM-POM' air bonaid); /t'ɛhɣr/ deithear ainr. ('HASTE'), bt. 'deifir' ~ /t'ɛ.ɣs'/ deamhais ainr. ('SHEEP-SHEARS'); /fʲiɑɣiN'/ feuchainn agr. ~ /f ʃiɑɣɣN/ fiachan ainr. iol.; /i:s'L'ɣ/ isle br. coim. ~ /ʃi:s'ɣ/ innse gr. teachd., bt. 'innsidh'; /mɯ:tɣN/ m'aodann ro-sheilbheach + ainr. ~ /mũ:tɑL/ maodal ainr. ('TRIPE'); /mul'in'/ m'uilinn ro-sheilbheach + ainr. ~ /mũl'in'/ muilinn gin. de /mũl'ɣN/ muileann ainr.

2.7.11 Chunnacas shuas nach bi na h-aon-fhogharan (goirid no fada) aig a bheil ìre mheadhain<sup>311</sup> de dh'fhosgailteachd /e, o, ɣ/, srònaichte ann an Gl. A' leantainn air an seo bheirear an aire an Gl., ann am faclan a choileanas na cumhachan airson gun cinnich co-fhillteant srònach<sup>312</sup> (i.e. consan srònach ann an co-thadhal ri fuaimreig le beum), gu bheil cinneachadh na srònachd buailteach uaireannan air a bhith nas treasa na gleidheadh càileachd na fuaimreig<sup>313</sup>. Eisimpleirean:

(a) seann e > /ɪ/:

fuaimreag ghoirid: /m̥nik'/ minig cgr., SG **menic** (DIL s.v. 'meinic(c)'); /ɣ 'm̥isk/ am miosg roi., bt. 'am measg', SG **imesc** (DIL s.v. 'mes(c)'); /N' ʃs/ nios ainr., bt. 'neas' (*Mustela nivalis*), SG **es** (DIL s.v.); /sk' ʃnɣ/ sgine, gin. de /sk' ʃiɑɣn/ sgian ainr., MG gin.

<sup>307</sup> functional yield

<sup>308</sup> opposition

<sup>309</sup> minimal pairs

<sup>310</sup> near-minimal

<sup>311</sup> mid degree

<sup>312</sup> that fulfil the conditions for the development of a nasal component

<sup>313</sup> the development of nasality tends to override the preservation of the vocalic quality

sg. **sceine**, **scine** (DIL s.v. ‘scían’); /tʰĩnʲ/ *teine* ainr., SG **teine** (DIL s.v.); /nʲs tʰĩnʲ/ *nas teinne* coim. de /tʰĩuʲN/ *teann* br., MG coim. **teinne**, **tinne** (DIL s.v. ‘tend’); fuaimreag fhada : /pĩ:Nʲ/ *beinn* ainr., MG cusp., tabh. sg. **b(e)inn** (DIL s.v. ‘benn’); /sʲĩ:Nʲ/ *seinn* agr., SG **seinnid** (DIL s.v.). Gheibhear /mĩtʲr/ *miodar* ainr., bt. ‘meadar’ (‘WOODEN VESSEL FOR MILK’) MG **metar** (DIL s.v.), ann am Mealabhaig, le seann **e** > /ĩ/, ach air taobh a deas Loch Gheàrrloch cluinnear /metʲr/ *meadar* ainr., le seann **e** air a gleidheadh mar /e/.

(b) seann **o** > /ũ/ :

fuaimreag ghoirid : /tũnuʲxuk/ *Donnchadh* ainr. dil., SG **Donnchad** (DIL s.v.); /Lʲuruʲmɔxk/ *lurmachd* br. (bt. ‘lomnochd’) SG **lomnocht** (DIL s.v.); /mũx/ *moch* cgr., cf. cuideachd /mũxarʲi/ *mocheirigh* agr., SG **mochéirge** (DIL s.v. ‘moch’); /mũ:L/ *mull* ainr., bt. ‘moll’ (‘CHAFF’); /nʲs mũ.u/ *nas motha* br. coim., SG coim. **mó**, **moo**, **mou** (DIL s.v. ‘mór’); fuaimreag fhada : /kʰũ:dʰrɑʲ/ *contraigh* ainr., MG **contract** (DIL s.v.).

Gheibhear /e/ (a dh’fheumas a bhith neo-shrònach) bho sheann **e** ann an /tʲevĩnʲʲ/ *deimhinne* br., bt. ‘deimhinn’ SG **demin** (DIL s.v. ‘deimin’), agus e air a shrònachd thùsail a chall. Ach tha an t-srònachd air a gleidheadh sna faclan seo anns an cluinnear /ẽ/ (no /ǝ/) shrònach : /tʲẽ.ʲsʲ/ *deamhais* ainr. sg. (‘SHEEP SHEARS’) MG **demess** (DIL s.v. ‘deimes’); /Rẽ.ur/ *reamhar* br., MG **remor** (DIL s.v.); /sʲLʲẽ.uNʲ/ *sleamhainn* br., MG **slemon**, **slemain** (DIL s.v. ‘slemon’); /tʲǝ.ĩNʲ/, /tʲǝ.ĩNʲ/ *deamhain* ainr. sg. (‘DEVIL’), SG **demon** (DIL s.v.). Ann am /meyʲrʲ/ *meadhair* ainr. (bt. ‘meomhair’) (‘MEMORY’) SG **mebuir**, MG **mebar**, **memor** (DIL s.v. ‘mebair’) gheibhear /e/ neo-shrònach bho sheann **e** (dh’fhaodadh le truailleadh<sup>314</sup> bho SG **medar** ‘speech..., mirth’ : DIL s.v.), ach san fhacal /mẽ:rɔxkəNʲ/ *meamhrachdainn* agr. (bt. ‘meòmhrachadh’) (‘PONDERING’) SG **mebrugud** agr. (DIL s.v.) leis an aon fhreumh-eòlas **mebr-** no **memr-**, ’s e /ẽ/ shrònach a chluinnear. Tha e soilleir nach urrainnear na h-

<sup>314</sup> contamination



eisimpleirean seo a mhìneachadh, co-dhiù a thaobh Gl., gu sìmplidh tron eadar-dhealachadh ann am seann **m** palataichte agus neo-phalataichte, *pace* Borgstrøm 1940 : § 294.2.

'S e /N'ẽt/ *nead* ainr. le /ε/ shrònach a gheibhear an Gl. mar iar-riochd air SG **net** (DIL s.v.).